

# **A' lìbhrigeadh ar Lèirsinn airson Àiteachas na h-Alba**

**Molaidhean airson Bile Àiteachais ùr**

# Clàr-innse

## Co-chomhairle air Bile Àiteachais Ùr

Ro-ràdh Ministreil.....	2
Caibideil 1: Facal-tòiseachaidh.....	4
Caibideil 2: Co-theacsa nas fharsainghe agus co-thaobhadh.....	6
Caibideil 3: Molaidhean airson Bile ùr an Àiteachais.....	10
A. Frèama Pàighidh dhan Àm ri Teachd.....	11
B. A' libhrigeadh Prìomh Bhuilean.....	19
A' lasachadh agus a' freagarrachadh ri atharrachadh na Gnàth-shìde.....	19
Dìon agus Ath-nuadhachadh Nàdair.....	23
A' Dèanamh Biadh de dh'Àrd Càileachd.....	25
Leasachadh Dùthchail san Fharsaingeachd.....	30
C. Sgìlean, Sgaoileadh Eòlais agus Ùr-ghnàthachadh.....	38
D. Rianachd, Smachd, agus Follaiseachd Dàta Frèam Pàighidh.....	41
E. Ag Ath-nuadhachadh Gabhaltasan Àiteachais.....	47
F. Tuarastal Àiteachais na h-Alba (Obair Chothromach).....	55
Caibideil 4: A' measadh na buaidh.....	56
Leas-phàipear A.....	58
Leas-phàipear B.....	60

## Ro-ràdh Ministreil



Tha Riaghaltas na h-Alba gu mòr airson ar Lèirsinn Àiteachais a choileanadh agus a bhith a' toirt cruth-atharrachadh air mar a bheir sinn taic do thuathanachas agus dèanamh biadh ann an Alba gus am bi sinn nar stiùiriche cruinneil ann an àiteachas seasmhach agus ath-nuadhachail.

Bu mhath leam taing a thoirt do Bhòrd Sgrùdaidh Buileachaidh Ath-leasachadh an Àiteachais (*Agriculture Reform Implementation Oversight Board - ARIOB*) airson a bhith a' toirt taic do agus a' fiosrachadh cruthachadh a' cho-chomhairleachaidh seo air na molaidhean airson Bile Àiteachais ùr. Bhon chiad choinneimh againn tha an ARIOB air a bhith air leth luachmhor ann a bhith a' fiosrachadh ar dealas soilleir a bhith a' toirt taic do thuathanaich agus croitearan gus ar biadh a dhèanamh nas seasmhaiche agus aig an aon àm a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil àiteachas a' cluich a phàirt ann a bhith a' gearradh eimiseanan, a' lasachadh atharrachadh na gnàth-shìde agus ag ath-nuadhachadh agus ag àrdachadh nàdar.

Anns na beagan bhliadhnachan mu dheireadh tha sreath de thachartasan cruinneil air buaidh a thoirt air tèarainteachd bìdh chruinneil. Tha iad sin a' gabhail a-steach buaidhean bho bhith a' fàgail an AE, galar lèir-sgaoilte COVID-19 agus, bho chionn ghoirid, ionnsaigh mì-laghail air an Ugràin a tha a' toirt buaidh fhollaiseach air àiteachas cruinneil agus air gach pàirt den t-sèine solair bìdh is dighe dhachaigheil againn. Tha seo air sealltainn cho cudromach 's a tha e gun toir Bile ùr an Àiteachais taic do thuathanaich, croitearan agus stiùirichean-fearainn sa gheàrr-ùine, sa mheadhan-ùine agus san ùine-fhada, agus tha na molaidhean gu h-ìosal a rèir seo.

Nuair a tha sinn a' dèiligeadh ris na dùbhlain sa gheàrr-ùine, feumaidh sinn sùil a chumail air an fhad-ùine agus air na gnìomhan a tha a dhìth a-nis gus dèanamh cinnteach gum bi àrainneachd fhallain agus coimhearsnachdan shoirbheachail againn airson nam bliadhnaichean ri thighinn. Tha sinn air gealltainn aghaidh a thoirt air èiginn na gnàth-shìde agus na bith-iomadachd agus a bhith a' ruighinn Cothromachadh-carboin ro 2045. Tha pàirt ro-chudromach aig roinn an àiteachais againn agus sinn a' dèiligeadh ris na dùbhlain sin agus cumaidh sinn oirnn a' toirt taic do na h-oidhirpean sin.

Tha tuathanaich, croitearan agus manaidsearan-fearainn na h-Alba deatamach dhan mhiann againn gus ar dùthaich a dhèanamh nas cothromaiche agus nas uaine. Cha bu chòir dhuinn a bhith leisg a ràdh gu soilleir gu bheil sinn air turas chruth-atharrachaidh mòr. Tha mi a' cur ìmpidh air a h-uile duine an cothrom a ghabhail gus ur beachdan a chur an cèill agus gus a dhol an sàs sa phròiseas seo. Feuch gum broснаich sibh a h-uile duine as aithne dhuibh pàirt a ghabhail ann an seo cuideachd. Tha fios agam gum bi mòran agaibh air cur ris a' cho-chomhairle mu

eadar-ghluasad àiteachais a ruith sinn roimhe, agus tha a' cho-chomhairle seo a' togail air na freagairtean sin. Bheir na freagairtean agaibh dhan cho-chomhairle seo sealladh fìor mhath dhuinn air an dòigh as fheàrr air ar Lèirsinn airson Àiteachas a thoirt gu buil ann an dòigh a bhios a chùim leas nan coimhearsnachdan dùthchail againn.

**Màiri Gougeon**

**Rùnaire a' Chaibineit airson Cùisean Dùthchail agus nan Eilean**

## Caibideil 1: Facal-tòiseachaidh

Chaidh [Lèirsinn Àiteachais](#) Riaghaltas na h-Alba fhoillseachadh sa Mhàrt 2022 agus tha e a' mìneachadh ar n-amas san fhad-ùine cruth-atharrachadh a thoirt air mar a bheir sinn taic do thuathanachas agus dèanamh biadh ann an Alba gus am bi sinn nar stiùiriche cruinneil ann an àiteachas seasmhach agus ath-nuadhachail. Tha a' cho-chomhairle seo a' sireadh bheachdan air na molaidhean agus na cumhachdan a dh'fheumas Ministearan na h-Alba gus an lèirsinn seo a thoirt gu buil.

Às dèidh dhan RA an AE fhàgail air 31 Faoilleach 2020, b' e ar prìomhachas airson àiteachas agus leasachadh dùthchail seasmhachd agus tèarainteachd a thoirt do luchd-dèanamh, manaidsèaran fearainn agus gnìomhachas. Ann an 2020, chaidh reachdas achdachadh<sup>1</sup> gus leigeil le Ministearan na h-Alba dèanamh cinnteach gun leanadh pàighidhean agus sgeamaichean CAP (Poileasaidh Coitcheann an Àiteachais) an AE gus am biodh àm de sheasmhachd agus sìmplidheachd às dèidh fàgail an AE.

Bidh am Bile Àiteachais ùr ag amas air frèam-obrach ùr a thoirt do dh'Alba gus taic a chumail ri tuathanaich is croitearan agus gus co-obrachadh còmhla riutha gus barrachd de na feumalachdan bidh againn a choileanadh gu seasmhach agus a bhith ri àiteachas agus croitearachd gle nàdar. Gus dèanamh cinnteach gum bi e comasach do mhuintir na h-Alba a bhith a' tighinn beò agus ag obair air ar fearann gu seasmhach, libhrigidh am frèam seo dèanamh biadh de chàileachd àrd, maothachadh is freagarrachadh gnàth-shìde, dìon is ath-nuadhachadh nàdair, agus leasachadh dùthchail nas fharsainge. Tha a' cho-chomhairle seo cuideachd a' gabhail a-steach molaidhean gus tacan àiteachais agus tuarastal àiteachais na h-Alba ùrachadh agus cuideachd a bhith a' cur ris na Bilean a tha ri thighinn co-cheangailte ri fearann agus an àrainneachd. Mar sin feumaidh Bile an Àiteachais ùr am frèam laghail a thoirt seachad gus na leanas a libhrigeadh:

- [Lèirsinn Àiteachais](#) Riaghaltas na h-Alba;
- Builean [an Fhrèam Coileanaidh Nàiseanta](#) ;
- [am Prògram Riaghlaidh](#) agus prìomhachasan [dreachd phrògram poileasaidh co-roinnte](#) Taigh Bhòid;
- Targaidean eimiseanan agus ath-nuadhachadh nàdair;
- A' togail air bun-inbhean riaghlaidh;
- [Eadar-ghluasad cothromach](#) a bheir taic do dh'àiteachas, amalachadh fearainn agus atharrachadh cleachdadh fearainn ann an dòigh a tha a rèir phrionnsapalan Eadar-ghluasad cothromach;
- Luach an airgid; agus
- Co-thaobhadh ri amasan CAP an AE san fharsaingeachd.

Tha an gealltanais a leanas san Lèirsinn againn airson Àiteachas:

“Bheir sinn cruth-atharrachadh air mar a bheir sinn taic do thuathanachas agus dèanamh biadh ann an Alba gus am bi sinn nar stiùiriche cruinneil ann an àiteachas seasmhach agus ath-nuadhachail. *Bidh an gealltanais seo aig cridhe frèam-obrach làidir agus ciallach a bhios mar bhunait air siostam taic àiteachais na h-Alba san àm*

---

<sup>1</sup>Achd an Àiteachais (Lagh is Dàta Glèidhte an AE) (Alba) 2020 (asp 17).

*ri teachd bho 2025 air adhart. Bidh frèam taic aig Alba a libhrigeas dèanamh-bìdh àrd-inbhe, lasachadh is freagarrachadh gnàth-shìde, agus ath-nuadhachadh nàdair*

Mar a tha air a mhìneachadh ann an Ro-innleachd Àrainneachd na h-Alba, tha Riaghaltas na h-Alba air rùnachadh aghaidh a chur air an dà èiginn a thaobh atharrachadh gnàth-shìde agus call bith-iomadachd: gus Alba nas cothromaiche agus nas uaine a chruthachadh. Bidh prìomh àite aig àiteachas na h-Alba agus cleachdadh fearainn co-cheangailte ris ann a bhith a' dèiligeadh ris an dà èiginn. Chruthaich Achd Atharrachadh na Gnàth-shìde (Targaidean Lùghdachadh Eimiseanan) (Alba) 2019 dleastanas gus cothromachadh-carboin a ruighinn air feadh na h-eaconamaidh gu h-iomlan ro 2045 ann an 'dòigh chothromach', agus tha Alba a' cumail air adhart a' tarraing air comhairle neo-eisimeileach bhon Choimisean Eadar-ghluasaid Chothromach mar thaic ri seo.

Thig atharrachaidhean air riaghladh fearainn ann an Alba agus sinn a' dèiligeadh ris an dà èiginn: èiginn na gnàth-shìde agus bith-iomadachd, a bhios a' cruthachadh dhùbhlann agus chothroman. Gus dèanamh cinnteach gum bi eadar-ghluasad cothromach ann airson àiteachas agus cleachdadh fearainn co-cheangailte ris, cumaidh sinn oirnn a' toirt taic do choimhearsnachdan agus a' brosnachadh dòigh-obrach cho-obrachail gus co-obrachadh agus iomlaid eòlais a chur am meud. Cumaidh sinn oirnn a' toirt taic do na tuathanaich, croitearan, manaidsearan-fearainn, agus buill den t-sèine-solair àiteachais againn gus seasmhachd, èifeachdas agus dèanadas gnìomhachais a leasachadh, a' gabhail a-steach tro bhith a' gabhail ri agus a' cleachdadh teicneòlas agus ùr-ghnàthachadh.

Tha na molaidhean ag amas air na h-amasan agus na geallaidhean a tha air am mìneachadh gu h-àrd a libhrigeadh agus aig an aon àm a bhith a rèir a' cho-theacsa reachdail is àrainneachdail san fharsaingeachd a tha air a mhìneachadh sa chaibideil a leanas.

## Caibideil 2: Co-theacsa nas fharsainghe agus co-thaobhadh "an t-àite aig seo"

### Co-theacs na lèirsinn

Air 2 Màrt 2022, dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba an [Lèirsinn airson Àiteachas](#). Tha am pàipear co-chomhairleachaidh seo a' sireadh bheachdan air farsaingeachd de mholaidhean a tha ag amas air taic a thoirt do na luachan agus na prionnsapalan a tha san Lèirsinn.

### Clàr 1: Sampall de Mholaidhean airson a dhol do Bhile Ùr an Àiteachais Co-cheangailte ri Luachan agus Prionnsapalan na Lèirsinn.



■ 11 Sealladh luachan agus  
□ Cumhachdan agus

## Co-theacsa Reachdail

Tha àiteachas fhèin na chùis thiomnaichte agus mar sin, tha e an urra ri Ministearan na h-Alba. Ach, chan eil sinn ag obair leinn fhèin agus nuair a thathar a' smaoinichadh air poileasaidh san àm ri teachd, feumar a bhith mothachail air a' cho-theacsa nas fharsaing anns a bheil sinn. Tha cumhachdan aig Pàrlamaid na h-Alba reachdas a dhèanamh air àiteachas, ach faodaidh an RA reachdas a chur an gnìomh air cùisean glèidhte a bheir buaidh air mar a dhèiligeas sinn ri àiteachas (agus tha iad air sin a dhèanamh), leithid Achd Margaidh Taobh a-staigh na RA 2020 agus an Achd Smachd nan Subsadaidhean 2022 às dèidh sin. Feumaidh am Bile Àiteachais ùr sùbailteachd a thoirt seachad gus dèanamh cinnteach gun urrainn dhuinn obrachadh taobh a-staigh frèaman na RA, agus a bhith a' dèiligeadh ri barrachd atharrachaidhean agus aig an aon àm a bhith a' libhrigeadh nan ath-leasachaidhean riatanach.

Nuair a thathar a' beachdachadh air poileasaidhean dhan àm ri teachd, feumar smaoinichadh air a' cho-theacsa eadar-nàiseanta de bhallrachd, mar phàirt den RA, ann am buidhnean leithid Buidheann Eadar-nàiseanta na Malairt (WTO). Mar eisimpleir, tha sinn fo dhleastanas cumail ri Aonta WTO air Àiteachas, a tha a' cur an cèill riaghailtean airson taic dhachaigheil.

Tha e cuideachd na phoileasaidh aig Riaghaltas na h-Alba dèanamh cinnteach gu bheil co-thaobhadh farsaing ri amasan CAP an AE. Bidh CAP ùr an AE “ [stèidhichte air dòigh-obrach nas sùbailte stèidhichte air coileanadh agus toraidhean](#) .” San aon dòigh, bidh Bile ùr an Àiteachais cuideachd a' cuimseachadh air dòigh-obrach shùbailte a chruthachadh a leigeas le Alba gabhail ri suidheachaidhean sòisealta, eaconamach agus àrainneachd a tha ag atharrachadh.

Bheir CAP ùr an AE taic do dh'àiteachas Eòrpach gus cur ri rùintean a' Chùmhnant Uaine Eòrpaich. Cuiridh seo cuideam air gnìomhan gus amasan àrainneachdail agus gnàth-shìde a choileanadh agus aig an aon àm bidh e a' cur ri [targaidean a' Chùmhnant Uaine](#) . Bidh e cuideachd na phrìomh inneal ann a bhith a' coileanadh rùintean [Tuathas gu Truinnsear](#) agus ro-innleachdan [bith-iomadachd](#) . Cuiridh Bile ùr an Àiteachais mar an ceudna ri rùintean nas fharsainge leithid an [dleastanas a bhith a' ruighinn cothromachadh-carboin air feadh na h-eaconamaidh air fad ro 2045](#) .

Tha structar CAP ùr an AE air a structaradh a rèir [deich amasan sònraichte](#) a tha ceangailte ri amasan coitcheann an AE airson seasmhachd sòisealta, àrainneachdail agus eaconamach ann an àiteachas agus sgìrean dùthchail, agus tha iad mar bhunait air am bi dùthchannan an AE a' dealbhadh am planaichean ro-innleachdail airson CAP. Tha na molaidhean sa cho-chomhairle seo ag amas air co-thaobhadh ris na 10 cinn-uidhe ( **Leas-phàipear A** ), is iad sin:

- gus dèanamh cinnteach gu bheil teachd a-steach cothromach aig tuathanaich;
- gus cur ri farpaiseachd;
- gus piseach a thoirt air suidheachadh nan tuathanach anns an t-sreath bìdh;
- gnìomhan a thaobh atharrachadh na gnàth-shìde;
- cùram àrainneachdail;



- glèidh cruthan-tìre agus bith-iomadachd;
- cùm taic ri ath-nuadhachadh ginealachail;
- sgìrean dùthchail beòthail;
- dìon càileachd bìdh is slàinte; agus
- a' brosnachadh eòlas agus tionnsgalachd.

Tha Bile an Àiteachais cuideachd mar phàirt de phrògram reachdail nas fharsainge rè na Pàrlamaid seo a tha a' gabhail a-steach reachdas co-cheangailte:

- Bile Nàisean an Deagh Bhìdh (a chaidh aontachadh bho chionn ghoirid);
- Bile Ath-leasachaidh an Fhearainn
- Bile na h-Àrainneachd Nàdarra; agus
- Bile na Croitearachd.

Tha an riaghaltas ag obair gus dèanamh cinnteach gu bheil am prògram reachdail air a thoirt air adhart còmhla mar aonad ciallach gus na h-àrd-amasan againn gus am fearann, agus na coimhearsnachdan a tha an urra ris, a ghluasad air adhart.

### **Co-theacsa na Gnàth-shìde agus na h-Àrainneachd**

Tha prìomh àite air a bhith aig a' ghnìomhachas ann a bhith a' beachdachadh air agus a' cur air adhart atharrachaidhean. Tha fios againn gu bheil mòran thuathanaich, chroitèaran agus stiùirichean-fearainn ri àiteachas ann an dòigh nas seasmaiche mar-thà, a' gabhail ri prionnsapalan agus dòighean-obrach àiteachais ath-nuadhachail, agus a' cleachdadh innealan leithid sgrùdaidhean carboin agus deuchainn talmhainn gus atharrachadh cleachdaidh fhiosrachadh.

Bìdh àiteachas agus dèanamh biadh a' toirt buaidh air an àrainneachd agus mar sin bìdh ìre de dh'eimiseanan gasaichean taigh-glainne ann. Ach, gus coinneachadh ris an targaid aige fon Phlana Atharrachadh Gnàth-shìde ùraichte feumaidh àiteachas, gu h-èiginneach, na h-eimiseanan aige a lùghdachadh 31% bho ìrean 2019 ro 2032. Tha àite ro-chudromach aig àiteachas cuideachd ann a bhith a' dèiligeadh ris an dà èiginn a tha mu choinneamh ar gnàth-shìde agus bith-iomadachd ach cuideachd ann a bhith a' toirt taic do dh'adhartas le targaidean eimiseanan Cleachdadh Fearainn, Atharrachadh Cleachdadh Fearainn agus Coilltearachd.

Tha grunn mholaidhean ann an aithisg Adhartas 2021 aig Comataidh Atharrachadh na Gnàth-shìde do Phàrlamaid na h-Alba air lùghdachadh eimiseanan ann an Alba airson àiteachas agus cleachdadh fearainn, atharrachadh cleachdadh fearainn agus coilltearachd, nam measg:

“Dèan cinnteach gum bi roghainnean airson taic àiteachais is cleachdadh fearainn san àm ri teachd tron Bhìle a thathar a' moladh airson a dhol an àite Poileasaidh Coitcheann an Àiteachais ann an 2023 a' toirt seachad frèam airson lasachadh is freagarrachadh gnàth-shìde a libhrigeadh a bharrachd air amasan àrainneachdail nas fharsainge. Bu chòir dha seo a bhith a' gabhail a-steach taic do cheumannan gus eimiseanan tuathanasan a lùghdachadh agus gus atharrachadh ro-innleachdail a thoirt air cleachdadh fearainn, bho àiteachas traidiseanta gu bhith a' lùghdachadh agus a' glacadh carbon.”

Tha Measadh Cunnart Atharrachadh na Gnàth-shìde reachdail na RA a chaidh ùrachadh bho chionn ghoirid (am Faoilleach 2022) a' comharrachadh grunn raointean cunnairt far a bheil buaidhean glaiste bho atharrachadh na gnàth-shìde dualtach a bhith a' dèanamh cron air àiteachas ann an Alba, mura tèid barrachd a dhèanamh gus an riaghladh tro ghnìomhan freagarrachaidh:

- Cunnartan do shlàinte na talmhainn mar thoradh air barrachd tuitlean agus tart.
- Cunnartan do àiteachas bho phlàighean, galaran-ghinean (pathogens) agus gnèithean ionnsaigheach
- Cunnartan do bhàrr, stoc agus craobhan coimeirsealta bho dhiofar chunnartan
- Cunnartan do stòrasan carboin nàdarra agus glacadh-carboin bho dhiofar chunnartan a dh'fhaodadh eimiseanan a bharrachd adhbharachadh
- Cunnartan do sholar bìdh, bathar agus seirbheisean deatamach mar thoradh air briseadh sìos sèineachan-solair agus lionraidhean sgaoilidh co-cheangailte ri gnàth-shìde

Tha dlùth cheangal eadar èiginn na gnàth-shìde agus èiginn nàdair – bidh àite deatamach aig ath-nuadhachadh bith-iomadachd agus ath-thogail calpa nàdarra ann a bhith a' ruighinn cothromachadh-carbon agus a' cuideachadh fearann gus freagarrachadh airson atharrachadh na gnàth-shìde. Cuiridh Bile ùr an Àiteachais an comas a bhith 'a' libhrigeadh prìomh bhuilean' (Caibideil 3) a tha a' gabhail a-steach dòighean 'ath-nuadhachadh nàdair' gus gnìomhan a bhrosnachadh a ghlèidheas agus a mheudaicheas bith-iomadachd. Bu chòir am pasgan taic iomlan san àm ri teachd a dhealbhadh gus taic a thoirt do dh'oidhirpean nàiseanta gus stad a chur air crìonadh bith-iomadachd agus gus ath-thionndadh.

Tha sinn ag aithneachadh na pàirt cudromaich a th' aig tasgadh prìobhaideach is poblach cunntachail ann an calpa nàdarra na h-Alba ann a bhith a' coileanadh nan targaidean atharrachadh gnàth-shìde againn agus ann a bhith a' libhrigeadh bhuanachdan nas fharsainghe bhon fhearann againn. Mhìnich [Aithisg Institiud an Ionmhais Uaine ann 2021](#), gu bheil beàrn ionmhais nàdair de £20 billean gu bhith mu choinneamh Alba san deichead seo. Tha sinn ag aithneachadh cuideachd gum feum tasgadh prìobhaideach ann an calpa nàdarra na h-Alba a bhith cunntachail, agus is e sin as coireach anns a' Mhàrt 2022 gun do dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba seata de Phrionnsabalan [Eadar-amail airson Tasgadh Cunntachail ann an Calpa Nàdarra](#). Tha na Prionnsapalan Eadar-amail seo a' mineachadh nan rùintean agus nan dùilean againn airson tasgadh prìobhaideach cunntachail ann an calpa nàdarra dhan a h-uile neach-ùidh aig a bheil pàirt ann am margaidhean calpa nàdarra, a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha an sàs ann an àiteachas.

### **Caibideil 3: Molaidhean airson Bile ùr an Àiteachais**

Tha na molaidhean airson Bile ùr an Àiteachais ag amas air frèam-obrach freagarrachaidh a sholarachadh gus dèiligeadh ri atharrachaidhean, dùbhlain agus cothroman sòisealta, eaconamach agus àrainneachdail san àm ri teachd.

Tha an dòigh-obrach seo cuideachd a' comasachadh ullachaidhean agus taic shònraichte a bhith air an cur an gnìomh tro fho-reachdas a dh'fhaodadh atharrachadh gu cunbhalach mar a dh'fheumar. Leis a seo, is urrainnear taic chuimsichte shònraichte a bhith comasach air atharrachadh a rèir dùbhlain agus mì-chinnt san àm ri teachd, a' gabhail a-steach buaidhean gnàth-shìde agus atharrachaidhean margaidh, agus aig an aon àm a bhith a' daingneachadh ar dealas airson cumail oirnn a' toirt taic do ghnìomhachas an àiteachais.

Tha am Bile Àiteachais ùr ag amas air sùbailteachd a chomasachadh agus aig an aon àm a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil e comasach do mhuinntir na h-Alba a bhith beò agus ag obair gu seasmach air ar fearann; agus libhrigidh am frèam seo na prìomh bhuilean a leanas:

- a' dèanamh biadh de dh'àrd-chàileachd;
- a' lasachadh atharrachadh na gnàth-shìde agus a' freagarrachadh ris;
- ag ath-bheothachadh nàdair; agus
- leasachadh dùthchail nas fharsainge.

Airson gach fear de na molaidhean seo airson Bile ùr an Àiteachais, tha grunn cheistean ann gus faighinn a-mach a bheil luchd-freagairt ag aontachadh ri amas a' mholaidh; ag aontachadh leis an dòigh a chaidh a mholadh gus an t-amas sin a choileanadh; a bheil molaidhean eile aca airson an t-amas a choileanadh; agus beachdan sam bith a bhith aca air a' bhuidhean a dh'fhaodadh a bhith aig na molaidhean.

Tha an còrr den chaibideil seo ann an 6 earrannan a rèir nam molaidhean air a bheil Riaghaltas na h-Alba a' beachdachadh air cur a-steach dhan Bhill Àiteachais ùr. Cuidichidh gach fear de na molaidhean seo ri libhrigeadh [na Lèirsinn](#) . Is iad na pàirtean seo:

- A. Frèama Pàighidh dhan Àm ri Teachd;**
- B. Libhrigeadh Prìomh Bhuilean;**
- C. Sgilean, a' Sgaoileadh Eòlas agus Ùr-ghnàthachadh;**
- D. Rianachd, Smachd, agus Follaiseachd Dàta Frèam Pàighidh;**
- E. Ag Ath-nuadhachadh Teanantachdan Àiteachas; agus**
- F. Tuarastal Àiteachais na h-Alba (Obair Choithromach).**

## A. Frèama Pàighidh dhan Àm ri Teachd

### Cùl-fhiosrachadh

'S e poileasaidh aig an Aonaidh Eòrpach a th' ann an CAP gus taic-airgid a thoirt do thuathanaich agus co-cheangailte ris an eaconamaidh dhùthchail sna Ball-stàitean. Tha an CAP a' comasachadh pàighidhean taic dìreach do thuathanaich is croitearan, agus tha e a' gabhail a-steach buidheann na margaidh chumanta ("CMO") a tha na frèam airson ceumannan na margaidh air a bheil ullachadh fon CBT. Tha ullachaidhean taic dhìreach air an dèanamh suas de sheachd pàighidhean ioma-adhbhair:

- 'pàigheadh bunaiteach' gach heactair;
- co-phàirt clàir 'uaineachaidh';
- pàigheadh a bharrachd do thuathanaich òga;
- 'pàigheadh ath-riarachaidh';
- taic cheangailte airson saothrachaidh; agus
- siostam airson 'tuathanaich bheaga'.

Fo na riaghailtean CAP a bh' ann roimhe, air an toirt a-steach do lagh glèidhte an AE, tha ullachadh ann gus taic a thoirt do ghniomhachas an àiteachais air eagal 's gun tòir èiginn mhòr buaidh air toraidhean no sgaoileadh àiteachais, tro bhuidseit cùl-stòrais èiginn. Tha an cùl-stòras èiginn ann gus taic a bharrachd a thoirt dhan roinn àiteachais gus cuideachadh le bhith a' dèiligeadh ri suidheachadh èiginn sònraichte. Tha seo air a mhaoineachadh le bhith a' cleachdadh lùghdachadh ann am pàighidhean dìreach tro uidheamachd smachd ionmhais gach bliadhna agus tha maoineachadh iomlan a' chùl-stòrais cuibhrichte.

Tha Bile Àiteachais ùr a' cruthachadh cothrom siostam taic àiteachais a chruthachadh san àm ri teachd a thèid a bhuileachadh aig àm iomchaidh agus gu sùbailte bho 2025 air adhart. Gluaisidh seo gu dòigh-obrach Albannach ùr a tha co-thaobhadh ri CAP ùr an AE ach nach fheum a bhith cho neo-shùbailte a thaobh mar a thèid pàighidhean a rèiteachadh. Bidh sùbailteachd sa Bhile a thaobh cuideamachadh air pàighidhean, mar a tha poileasaidh an AE a' dèanamh tro bhith a' luchdachadh aghaidh, a' gearradh sìos agus a' cur crìoch air pàighidhean ma tha Ministearan airson sin a dhèanamh.

Tha sinn den bheachd gun urrainn prìomh àite a bhith aig àiteachas ann a bhith a' libhrigeadh Alba le cothromachadh-carboin agus a tha a' cur ri nàdar agus tha sinn fhathast dealasach a thaobh a bhith a' toirt taic do thuathanachas gnìomhach agus dèanamh biadh. Tha na h-eileamaidean seo ro-chudromach ann a bhith a' libhrigeadh ar dealas airson a bhith nar Nàisean Deagh Bhiadh, a' cumail taic ri ro-innleachd airson biadh ionadail, a' brosnachadh sèineachan-solair ionadail làidir, agus ag àrdachadh co-ionannachd gnè agus cothroman do bhoireannaich is luchd-inntrigidh ùr.

Gus an [Lèirsinn](#) a libhrigeadh feumar dèanamh cinnteach gu bheil tèarainteachd teachd-a-steach aig tuathanaich is croitearan na h-Alba agus gu bheil na dòighean-obrach ann gus am faigh iad tuarastal airson na nì iad, an dà chuid ann a bhith a' biathadh na dùthcha agus a' dèanamh cinnteach gu bheil stiùbhardachd-fearainn

seasmhach agus ath-nuadhachail ann. Feumar dèanamh cinnteach gu bheil na h-innealan sin sùbailte a thaobh prìomhachasan sòisealta, eaconamach agus àrainneachd ùr a tha thig am bàrr.

## **Molaidhean**

Tha am Frèam Taice airson an Àm ri Teachd a' moladh gum bu chòir dòighean-obrach a bhith air an toirt a-steach dhan Bhile Àiteachais ùr gus leigeil le pàighidhean a chur an comas fo 4 ìrean:

- **Ìre 1** a 'Pàigheadh Dìreach Bun-Ìre';
- **Ìre 2** 'Pàigheadh Dìreach Ìre Àrdaichte';
- **Ìre 3** agus 'Pàigheadh Roghainneil'; agus
- **Sreath 4** 'Taic a Bharrachd'.


Bhiodh Ìrean 1 agus 2 nan suidhe fon aon sgàil de phàighidhean dìreach, ag aithneachadh gum feumar dèanamh cinnteach gu bheil cumhaichean a rèir iomadachd àiteachas na h-Alba, agus bhiodh Ìrean 3 is 4 nam pàighidhean neo-dhìreach.

## Lèirsinn airson pasgan taic àiteachais às dèidh 2025

**Pàighidhean Dìreach**  
Ìre 1 is 2

**Pàighidhean Neo-dhìreach**  
Ìre 3 is 4

### Pàighidhean Stiùiridh



### Sreath 4: Taic a Bharrachd

#### Leasachadh Dhaoine

Sgilean ùra  
Trèanadh  
eòlais  
agus CPD

Seirbheisean Ce  
chomhairleachaidh  
Taic do  
ghnìomhachas

**A' cur chraobhan**

#### Innealan Tomhais

Airson a bhith a'  
tomhas ath-  
bheothachadh  
agus  
leasachadh  
nàdair


Airson a bhith a'  
tomhas  
eimiseanan agus  
glacadh  
gasaichean an  
taigh-ghlainne

**Ath-nuadhachadh  
talamh mònach**

**Maoin Cruth-  
atharrachadh  
Àiteachais**

### Clàr 3: A' riaghlaidh phàighidhean agus chumhaichean

## Pàighidhean Stiùiridh



- I. Thathar a' moladh gum bi **Ìre 1** na Pàigheadh Direach aig Ìre Bunaitich gus taic a thoirt do thuathanaich is do chroitèaran a tha an sàs ann an dèanamh bìdh agus stiùireadh fearainn. Dh'fhaodadh seo a bhith air fhaicinn mar phàigheadh taic teachd a-steach do thuathanaich is chroitèaran agus bìdh e 'cumhach' air inbhean riatanach a bhith air an coileanadh gus dèanamh cinnteach gu bheil builean iomchaidh ann a thaobh gnìomhachd, gnàth-shìde, bith-iomadachd agus builean èifeachdais gnìomhachais. Dh'fhaodadh taic a bhith stèidhichte air 'cumhachan' mu bhith a' coileanadh 'slat-tomhais ion-roghnachd' leithid slatan-tomhais tuathanachais gnìomhach, 'Plana Tuathanas Iomlan', Riaghailtean Tar-ghèilleadh agus ceumannan Uaineachaidh. Dh'fhaodadh am plana tuathanais iomlan a bhith a' gabhail a-steach riatanasan leithid, 'Dearbhadh [Obair Chothromach](#)', 'Dearbhadh Slàinte is Sochairean Ainmhidhean', 'Plana gnìomhachais' 'Dearbhadh Dleastanas Co-ionannachd' a' gabhail a-steach cothroman do bhoireannaich, 'Dearbhadh Gnàth-shìde, Àrainneachdail agus Nàdair', 'Planaichean Stiùireadh Fearainn', agus 'Dearbhaidhean Sgrùdadh Carbon, Ùir agus Bith-iomadachd'. 'S e adhbhar Plana an Tuathanais Iomlan dèanamh cinnteach gu bheil gnìomhan tuathanachais is croite a rèir na h-ìre bunaitich de sheasmhachd agus de dh'ath-leumachd a tha riatanach airson a h-uile gnìomhachas a tha a' faighinn taic phoblach.
  
- II. Ìre 2 - tha seo air a mholadh mar Phàigheadh Direach Ìre Àrdaichte a tha a' leantainn bhon Phàigheadh Bun-ìre Direach. Tha e a' dol ceum nas fhaide na na ceumannan 'cumhach' agus a' tabhann cheumannan 'a bharrachd' gus builean a libhrigeadh co-cheangailte ri èifeachdas, lùghdachadh eimiseanan gas taigh-glainne agus ath-nuadhachadh agus leasachadh nàdair. Bheir am moladh seo taic do luchd-dèanamh a bhith nas èifeachdaiche, a' brosnachadh cleachdaidhean tuathanachais seasmhach agus ath-nuadhachail agus a' toirt piseach air tapachd gnìomhachais.
  
- III. Thathar a' moladh gum bi **Ìre 3** na Pàigheadh Roghainneil a tha a' leantainn bhon Phàigheadh Direach Leasaichte agus a' cuimseachadh air ceumannan cuimsichte airson ath-nuadhachadh nàdair, taic ùr-ghnàthachaidh agus taic sèine-solair. Bhiodh na Pàighidhean Roghainneil farsaing agus, far a bheil sin iomchaidh, a rèir sgìre sònraichte gus dèanamh cinnteach gum bi coimhearsnachdan dùthchail soirbheachail. Bheir seo taic do dhaoine anns a' ghniomhachas gus eòlas agus sgilean fhaighinn no a chumail a dh'fheumar gus fearann a riaghladh gu seasmhach, leithid taic chuimsichte airson gnèithean no àrainnean sònraichte, taic ri gluasad gu seòrsaichean àiteachais eile leithid biadh organach agus a bhith a' brosnachadh ùr-ghnàthachadh. Dh'fhaodadh dòighean-obrach taic a thèid a chruthachadh fon ìre seo taic a thoirt do dhaoine fa leth, co-chomainn, no buidhnean a tha an sàs ann a bhith a' libhrigeadh bhuilean cuimsichte agus nach fheum a bhith a' faighinn taic fo ìrean 1 agus 2.
  
- IV. Tha **Ìre 4** air a mholadh mar thaic a bharrachd do dh'ìrean 1, 2, agus 3. Tha sinn a' moladh seo gus na rudan a leanas a chur an comas: libhrigeadh leasachadh proifeiseanta leantainneach (CPD), seirbheisean comhairleachaidh; taic airson cur chraobhan, stiùireadh choilltean agus taic sèine-solair co-cheangailte; ath-leasachadh agus riaghladh talamh mònach;



maoin cruth-atharrachaidh àiteachais; taic do raointean le cuingealachadh nàdarra; agus b' urrainn dhaibh taic shaor-thoileach a sholarachadh do roinnean mairt is chaorach. Dh'fhaodadh dòighean-obrach taic a thèid a chruthachadh fon ìre seo taic a thoirt do dhaoine fa leth no do bhuidhnean a tha an sàs ann a bhith a' libhrigeadh bhuilean cuimsichte nach fheum a bhith a' faighinn taic fo ìrean 1, 2 no 3.

- V. Thathar a' moladh gum bi an dà chuid Ìre 1, am Bun-phàigheadh agus Ìre 2, na Pàighidhean Dìreach Leasaichte neo-fharpaiseach (cha bhi tagraidhean a' farpais ri chèile airson pàigheadh). Bidh an taic seo fosgailte do dhuine sam bith a tha a rèir nan 'slatan-tomhais ion-roghnachd'. Faodaidh Ìre 3, na Pàighidhean Roghainneach agus Ìre 4 Taic a Bharrachd beagan taic neo-fharpaiseach a chur còmhla ri beagan taic nas cuimsichte a bhios farpaiseach gus gnìomhan cuimsichte a sholarachadh agus gus a' bhuannachd as motha a libhrigeadh bhon bhuidseit a tha ri fhaotainn.
- VI. A bharrachd air an t-siostam taic ioma-shreathach seo, thathar a' moladh gum bi dòighean-obrach air an toirt a-steach do Bhile ùr an Àiteachais gus am bi pàighidhean comasach air atharrachadh a rèir suidheachadh sòisealta, eaconamach agus àrainneachdail gus sùbailteachd a cheadachadh gus dèiligeadh ri dùbhlain san àm ri teachd agus gus dèanamh cinnteach gun urrainn dhuinn cumail oirnn a bhith ag ùrachadh agus a' leasachadh obrachadh an fhrèam thar ùine a rèir a' chleachdaidh as fheàrr a tha a' tighinn am bàrr, leasachaidhean ann an teicneòlas, fianais air buaidhean na gnàth-shìde agus cho math 's a tha an gnìomhachas a' coileanadh a rèir thargaidean. Thèid mion-fhiosrachadh mun Bhun-thaic, taic Leasaichte agus taic Roghainneil a thoirt air adhart ann am fo-reachdas tro na cumhachdan comasachaidh sa Bhile, agus dh'fhaodadh iad a bhith air an atharrachadh mar a dh'fheumar a' cleachdadh nan cumhachdan sin.
- VII. Mu dheireadh, thathar a' moladh gum bu chòir dòighean-obrach a bhith air an toirt a-steach dhan Bhile Àiteachais ùr gus leigeil le Ministearan na h-Alba taic a thoirt do gnìomhachas an àiteachais nuair a tha suidheachaidhean sònraichte no ris nach robh dùil no suidheachaidh èiginn mhòr a' toirt buaidh air dèanamh no sgaoileadh àiteachais, tro chumhachd pàighidhean èiginn. Tha an cùl-stòras èiginn ag amas air comas a chruthachadh gus taic ionmhais a thoirt do luchd-dèanamh àiteachais air an deach droch bhuaidh a thoirt air teachd a-steach bho na suidheachaidhean sònraichte no ris nach robh dùil.

## Ceistean

- a) A bheil thu ag aontachadh ris a' mholadh a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd, gum bi dòigh ann am Bile an Àiteachais gus an tèid pàighidhean a dhèanamh fo dhòigh-obrach le 4 ìrean?
- Tha
- Chan eil
- Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

--

- b) A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir Ìre 1 a bhith na 'Pàigheadh Direach Ìre Bhunaiteach' gus taic a thoirt do thuathanaich is do chroitèaran a tha an sàs ann an dèanamh bìdh agus stiùireadh fearainn?
- Tha
  - Chan eil
  - Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

- c) A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir Ìre 2 a bhith na 'Pàigheadh Direach Ìre Àrdaichte' gus builean a lìbhrigeadh co-cheangailte ri èifeachdas, lùghdachadh eimiseanan gas an taigh-ghlainne agus ath-nuadhachadh agus leasachadh nàdair?
- Tha
  - Chan eil
  - Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

- d) A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir Ìre 3 a bhith na Phàigheadh Roghainneil gus fòcas a chur air ceumannan cuimsichte airson ath-nuadhachadh nàdair, taic ùr-ghnàthachaidh agus taic sèine-solair?
- Tha
  - Chan eil
  - Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

- e) A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir Ìre 4 a bhith mar thaic a bharrachd mar a tha air a mholadh gu h-àrd? Ma tha, dè an seòrsa Taic a Bharrachd a b' fheàrr gus an Lèirsinn a lìbhrigeadh nad bheachd?
- Tha
  - Chan eil
  - Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

- f) A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir 'Plana Tuathanas Iomlan' a chleachdadh mar shlatan-tomhais ion-roghnachd airson 'Pàigheadh Direach Ìre Bhunaideach' a bharrachd air Riaghailtean Tar-ghèilleadh agus Ceumannan Uaine?
- Tha

- Chan eil
- Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

g) A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir dòigh-obrach a bhith ann am Bile ùr an Àiteachais gus cuideachadh gus dèanamh cinnteach gum bi Eadar-ghluasad Cothromach ann?

- Tha
- Chan eil
- Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

h) A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir modhan-obrach a bhith ann am Bile ùr an Àiteachais gus am bi am frèam pàighidh sùbailte thar ùine, ag atharrachadh a rèir nan cleachdaidhean as fheàrr a tha a' tighinn am bàrr, leasachaidhean ann an teicneòlas agus fianais shaidheansail air buaidhean gnàth-shìde?

- Tha
- Chan eil
- Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

i) A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir modhan-obrach a bhith ann am Bile ùr an Àiteachais ùr gus pàighidhean a chur an comas gus taic a thoirt do ghnìomhachas an àiteachais nuair a tha suidheachaidhean sònraichte no ris nach robh dùil no èiginn mhòr a' toirt buaidh air saothrachadh no sgaoileadh àiteachais?

- Tha
- Chan eil
- Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

## B. A' libhrigeadh Prìomh Bhuilean

Gus an [Lèirsinn](#) a libhrigeadh agus gus dèanamh cinnteach gum bi frèam taic aig Alba a libhrigeas dèanamh biadh aig àrd-inbhe, maothachadh is freagarrachadh gnàth-shìde, dìon is ath-nuadhachadh nàdair, agus riaghladh nas fharsainge air so-mhaoin nàdarra na h-Alba, tha sinn a' moladh dòighean cuimsichte gus na 'prìomh bhuilean' seo a libhrigeadh.

Mar fhreagairt do ' [Eadar-ghluasad àiteachais: ciad cheumannan a dh'ionnsaigh poileasaidh nàiseanta: co-chomhairleachadh](#) bho chionn ghoirid ("Eadar-ghluasad Àiteachais: co-chomhairle"), a chaidh fhoillseachadh san Lùnastal 2021, bha co-aontachd farsaing am measg luchd-freagairt nach bu chòir pàighidhean san àm ri teachd a bhith ceangailte ri lùghdachadh eimiseanan a-mhàin. Mar sin, is iad na prìomh bhuilean a tha sin ag iarraidh bhon taic:

- lasachadh agus freagarrachadh ri atharrachadh na gnàth-shìde;
- dìon agus ath-nuadhachadh nàdair;
- a' dèanamh biadh de dh'àrd-chàileachd; agus
- leasachadh dùthchail san fharsaingeachd.

## A' lasachadh agus a' freagarrachadh ri atharrachadh na Gnàth-shìde

### Cùl-fhiosrachadh

Chaidh frèam reachdail na h-Alba airson dèiligeadh ri èiginn chruinneil na gnàth-shìde a chruthachadh tro Achd Atharrachadh na Gnàth-shìde (Alba) (2009) (mar a chaidh atharrachadh le Achd Atharrachadh na Gnàth-shìde (Targaidean Lùghdachadh eimiseanan) (Alba) (2019)). Tha am frèam seo a' gabhail a-steach dleastanasan air Ministearan na h-Alba gus:

- targaidean lùghdachadh sgaoilidhean a choileanadh air feadh na h-eaconamaidh, gus am bi cothromachadh-carboin ann ro 2045, le Planaichean Atharrachadh nan Gnàth-shìde mar na prìomh dhòighean air poileasaidhean a stèidheachadh gus na h-atharrachaidhean sin a choileanadh thar gach roinn den eaconamaidh;
- mar phàirt de na Planaichean seo (bhon ath eagraan air adhart) gus poileasaidhean agus molaidhean a mhìneachadh a thaobh a bhith a' stèidheachadh dòigh-obrach tuathanais iomlan a thaobh cunntasachd eimiseanan air sgaoilidhean air tuathanasan Albannach, agus a thaobh lùghdachadh eimiseanan gasa taigh-glainne bho thuathanasan Albannach gu h-iomlan; agus
- a' freagairt air Measaidhean Cunnart Atharrachadh Gnàth-shìde cunbhalach (gach 5-bliadhna) aig ìre na RA le Prògraman Freagarrachadh Atharrachadh Gnàth-shìde na h-Alba. Tha raon de phrìomh chunnartan a thaobh buaidh na gnàth-shìde air àiteachas anns a' Mheasadh Cunnairt làithreach.

A thaobh maothachadh atharrachadh gnàth-shìde: bidh pàirt chudromach aig tuathanachas, croitearachd agus stiùireadh-fearainn ann a bhith a' cumail suas coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach soirbheachail agus sinn cuideachadh a' lasachadh atharrachadh na gnàth-shìde. Tha sinn cuideachd ag aithneachadh na pàirt cudromaich a th' aig ar tuathanasan agus ar croitean (ar calpa nàdarra) ann a bhith a' glacadh carboin agus a' cuideachadh le bhith a' coileanadh nan targaidean gnàth-shìde againn. Tha sinn a' cumail oirnn a' libhrigeadh barrachd lùghdachaidhean air eimiseanan a rèir targaidean reachdail na h-Alba tron eaconamaidh air fad. Feumar eimiseanan àiteachais a lùghdachadh 31% bho na h-ìrean làithreach ro 2032, gus coinneachadh ris an targaid aige fon [Phlana Atharrachadh Gnàth-shìde Ùraichte](#) agus feumaidh àiteachas taic a thoirt do riaghladh amalaichte nas motha air an fhearann againn gus mòran bhuilean a choileanadh. Thèid dreachd den ath Phlana Atharrachadh Gnàth-shìde, a' gabhail a-steach molaidhean airson dòigh-obrach cunntasachd eimiseanan airson an tuathanais iomlan, fhoillseachadh aig deireadh 2023.

A thaobh atharrachadh na gnàth-shìde, a tha a' ciallachadh na dòigh gus gnìomhachasan agus manaidsearan-fearainn ullachadh airson blàthachadh na gnàth-shìde agus tachartasan fìor shìde dhroch shìde nas trice: tha an dòigh-obrach a th' ann an-dràsta airson a bhith a' togail fulangas a thaobh buaidhean air a mhìneachadh san dàrna [Prògram Freagarrachaidh Gnàth-shìde na h-Alba](#). Tha seo stèidhichte air seachd builean àrd-ìre, aon dhiubh a' buntainn ri "Tha an eaconamaidh in-ghabhalach agus seasmhach againn sùbailte, agus a' freagairt air gnàth-shìde a tha ag atharrachadh" agus a' gabhail a-steach builean agus poileasaidhean sònraichte airson gnìomhachasan leithid àiteachas. Tha an ath Phrògram Atharrachadh Gnàth-shìde, mar fhreagairt dhan [Mheasadh Cunnairt](#) a chaidh ùrachadh bho chionn ghoirid gu bhith air fhoillseachadh ron Fhoghar 2024.

Bidh e cudromach fearann, uisge no sprèidh a riaghladh ann an dòigh a lùghdaicheas atharrachadh na gnàth-shìde no a lasaicheas e. Bidh riaghladh fearainn ann an Alba ag atharrachadh agus sinn a' dèiligeadh ris an dà èiginn: gnàth-shìde agus bith-iomadachd a bheir dùbhlain agus cothroman do thuathanaich is croitearan, a' togail air an dleastanas stiùiridh traidiseanta aca ann an stiùireadh-fearainn agus stiùbhardachd. Thug an t-ùrachadh air Plana Atharrachaidh na Gnàth-shìde fa-near do na diofar chuideaman air cleachdadh fearainn àiteachais. Tha dèanamh biadh, coilltean, ath-nuadhachadh talamh mònach, a' dèanamh fodair beathachaidh bith-lùth agus ath-nuadhachadh nàdair uile a' farpais ri chèile, a' ciallachadh gu bheil e cudromach beachdachadh air an riaghladh as fheàrr air an fhearann againn.

Feumaidh na tuathanaich, croitearan agus manaidsearan-fearainn againn buannachdan, an dà chuid eaconamach agus sòisealta, fhaighinn bho na h-atharrachaidhean sin. Bheireadh seo seachad barrachd bhuannachdan do nàdar agus bith-iomadachd, a bharrachd air lasachadh agus freagarrachadh gnàth-shìde. Bheir taic do riaghladh-fearainn amalaichte cothrom do thuathanaich, croitearan agus manaidsearan-fearainn air sruthan teachd a-steach ùra a dh'fhaodadh a bhith ann fhad 's a tha iad a' leantainn air adhart le dèanamh bhiadh is thoraidhean eile gu seasmhach bho na stòrasan nàdarra againn.

Mar fhreagairt dhan [cho-chomhairle air Tar-ghluasad àiteachais](#) dh'aontaich grunn phrìomh luchd-ùidh gum feumadh tuathanaich, croitearan agus manaidsearan-fearainn tuigse nas soilleire fhaighinn air buaidh àrainneachdail an cuid obrach agus gum bu chòir taic àiteachais san àm ri teachd a bhith comasach air fiosrachadh iomchaidh a chlàradh agus a bhith a' brosnachadh ghnìomhan fiosraichte gus dèiligeadh ri èiginn na gnàth-shìde.

Cumaidh sinn oirnn a' toirt taic do riaghladh fearainn amalaichte, agus do dh'atharrachaidhean air riaghladh-fearainn a chuireas ris na h-amasan gnàth-shìde agus bith-iomadachd againn a rèir [molaidhean Coimisean an Eadar-ghluasaid Cho-thromaich](#).

## **Molaidhean**

Gus an [lèirsinn](#) agus “lùghdachaidhean eimisein a rèir nan targaidean gnàth-shìde againn” tha sinn a' moladh na leanas:

- I. Bu chòir cumhachdan agus dòighean eile a bhith ann am Bile ùr an Àiteachais gus pàighidhean do thuathanaich, croitearan agus manaidsearan-fearainn a chur an comas san àm ri teachd gus taic a thoirt do libhrigeadh amasan lasachaidh atharrachadh gnàth-shìde nàiseanta (a' gabhail a-steach targaidean reachdail airson lùghdachadh eimiseanan gasaichean an taigh-glainne air feadh na h-eaconamaidh agus dleastanasan a tha air an suidheachadh ann an Achd Atharrachadh na Gnàth-thìde (Alba) 2009).
- II. Bu chòir cumhachdan agus dòighean eile a bhith ann am Bile ùr an Àiteachais gus pàighidhean do thuathanaich, croitearan agus manaidsearan-fearainn a chur an comas san àm ri teachd gus taic a chumail ri libhrigeadh amasan nàiseanta a thaobh freagarrachadh na gnàth-shìde (m.e a' togail seasmhachd an aghaidh cunnartas a chaidh a chomharrachadh ann am Measaidhean Cunnart Atharrachadh Gnàth-shìde).
- III. Bu chòir dòigh a bhith ann am Bile ùr an Àiteachais gus an tèid pàighidhean a dhèanamh a tha a' crochadh air builean a libhrigeas ceumannan leasachaidh is freagarrachaidh gnàth-shìde, còmhla ri pàighidhean roghainneil cuimsichte.
- IV. Bu chòir dòigh-obrach a bhith ann am Bile ùr an Àiteachais gus an tèid pàighidhean a dhèanamh a bheir taic do riaghladh fearainn amalaichte, leithid builean talamh-mònach is choilltean air tacan àiteachais, mar chomharra air na buannachdan àrainneachdail, eaconamach agus sòisealta a thig às a seo.

## Ceistean

- a) A bheil thu ag aontachadh ris a' mholadh a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd, gum bi dòigh ann am Bile an Àiteachais gus pàighidhean a cheadachadh gus taic a chumail ri amasan a thaobh lasachadh atharrachadh na gnàth-shìde? A bheil beachd sam bith agad air cumhachdan sònraichte agus/no dòighean-obrach a dh'fhaodadh taic a chumail ri co-thaobhadh mar seo?

- Tha
- Chan eil
- Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

- b) A bheil thu ag aontachadh ris a' mholadh a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd, gum bi dòigh ann am Bile an Àiteachais gus pàighidhean a cheadachadh gus taic a chumail ri amasan a thaobh freagarrachadh ri atharrachadh na gnàth-shìde? A bheil beachd sam bith agad air cumhachdan sònraichte agus/no dòighean-obrach a dh'fhaodadh taic a chumail ri co-thaobhadh mar seo?

- Tha
- Chan eil
- Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

- c) A bheil thu ag aontachadh ris a' mholadh gu h-àrd mu dhòigh a bhith ann am Bile an Àiteachais gus an tèid pàighidhean a dhèanamh a tha a' crochadh air builean a bheir taic do cheumannan leasachaidh is freagarrachaidh gnàth-shìde, còmhla ri pàighidhean roghainneil cuimsichte?

- Tha
- Chan eil
- Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

- d) A bheil thu ag aontachadh ris a' mholadh a tha air a mhìneachadh gu h-àrd, gum biodh Bile ùr an Àiteachais a' gabhail a-steach ceumannan a chumas taic ri riaghladh fearainn amalaichte, leithid builean a thaobh talamh mònach is choilltean air tuathanasan is chroithean, ag aithneachadh nam buannachdan àrainneachdail, eaconamach agus sòisealta a dh'fhaodadh seo a thoirt seachad?

- Tha
- Chan eil
- Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

## Dìon agus Ath-nuadhachadh Nàdair

### Cùl-fhiosrachadh

Chaidh lèirsinn [Ro-innleachd Àrainneachd](#) fhoillseachadh ann an 2020, le seata de bhuilean gus taic a chumail rithe. Tha lèirsinn 2045 a' mìneachadh nan àrd-amasan fad-ùine againn airson àrainneachd nàdarra na h-Alba agus na pàirt againn ann a bhith a' dèiligeadh ri èiginn gnàth-shìde agus nàdair na cruinne. A rèir seo:

“Le bhith ag ath-nuadhachadh nàdar agus a’ cur crìoch air na tha Alba a’ cur ri atharrachadh na gnàth-shìde, thig deagh chruth-atharrachadh air an dùthaich againn – a chùim leas nan daoine agus na planaib airson nan ginealaichean ri teachd.”

Tha [Ro-innleachd na h-Àrainneachd](#) a’ cruthachadh frèam farsaing airson ro-innleachdan agus planaichean na h-Alba a thaobh na h-àrainneachd agus atharrachadh na gnàth-shìde, a’ gabhail a-steach am Plana Atharrachadh Gnàth-shìde, Ro-innleachd Adhair nas Glaine airson Alba, Planaichean Riaghladh Sgìrean-Aibhnichean agus an Ro-innleachd Bith-iomadachd ùr a tha ri tighinn.

Tha Ministearan na h-Alba an-dràsta [a’ dèanamh co-chomhairleachadh air ro-innleachd bith-iomadachd ùr](#), a thig gu crìch air 12 Sultain 2022, agus tha iad a’ sireadh bheachdan air lèirsinn àrd-ìre againn airson nàdar ann an Alba. Feumaidh àiteachas cur ri ath-nuadhachadh nàdar tro bhuannachdan bith-iomadachd air an fhearann. Às dèidh dhuinn beachdachadh air na freagairtean dhan cho-chomhairle sin, thèid an Ro-innleachd Bith-iomadachd ùr againn fhoillseachadh nas fhaide air adhart am-bliadhna agus bidh i a rèir frèam ùr Bith-iomadachd na Cruinne a thèid a lìbhrigeadh aig CoP na Bith-iomadachd 15. Tha sinn cuideachd air gealltainn targaidean nàdair reachdail a lìbhrigeadh tro Bhile Àrainneachd Nàdarra.

Bidh àite ro-chudromach aig tuathanachas, croitearachd agus stiùireadh fearainn ann a bhith a’ lìbhrigeadh nam builean àrainneachdail againn le bhith a’ stiùireadh fearann, stoc agus uisge ann an dòigh a dhìonas agus a leasaicheas an àrainneachd. Tha na builean sin a’ gabhail a-steach a bhith a’ dìon agus ag ath-nuadhachadh bith-iomadachd agus a’ toirt taic do dh’èadhar agus uisge glan, gnìomhan agus ceumannan a chuireas ri riaghladh cunnart tuiltean gu h-ionadail agus shìos an abhainn agus ri ùirean fallain. Tha taic ri gnìomhachd aig ìre cruth-tìre no tùs-aibhne cudromach cuideachd gus libhrigeadh nam builean seo a chur an comas. Tha sinn airson dòighean a sholarachadh gus taic a thoirt do bhuilean a dh’ath-bheothaicheas nàdar, a tha buannachdail dhan chalpa nàdarra againn agus a bhrosnaicheas an eaconamaidh nàdarra agus cumaidh sinn oirnn a’ brosnachadh barrachd thuathanaich is chroitearan gu bhith ag àiteach agus a’ dèanamh biadh gu h-organach.



Chuir freagairtean dhan [cho-chomhairle air Eadar-glusad Àiteachais](#) cuideam air cho cudromach 's a tha eadar-theachdan gus cothrom a thoirt do thuathanaich, croitearan agus manaidsèaran-fearainn gnìomhachd a ghabhail gus taic a chumail ri bith-iomadachd agus ath-nuadhachadh nàdair. Thug luchd-ùidh iomradh air cho cudromach 's a tha dòighean-obrach ionadail, roinneil agus nàiseanta gus ath-bheothachadh nàdair a thoirt gu buil.

### Molaidhean

Gus an [Lèirsinn](#) a libhrigeadh agus gus “cur ri ath-bheòthachadh nàdair tro bhuanachd bith-iomadachd” tha sinn a’ moladh na leanas:

- I. Tha sinn a’ moladh gum bu chòir cumhachdan agus dòighean-obrach a bhith ann am Bile ùr an Àiteachais gus bith-iomadachd a dhìon agus ath-nuadhachadh, gus taic a chumail ri èadhar glan agus fallain, ri uisge agus ùir, gus cur ri dèiligeadh agus stiùireadh cunnart tuiltean gu h-ionadail agus shìos an abhainn agus gus nàdar soirbheachail, seasmhach a chruthachadh.
- II. Bu chòir dòigh-obrach a bhith ann am Bile ùr an Àiteachais gus pàighidhean a dhèanamh comasach le ùmhlachd do toraidhean a tha a’ libhrigeadh cumail suas, cur ri agus ath-nuadhachadh nàdair, còmhla ri pàighidhean roghainneil cuimsichte.
- III. Gum bu chòir dòigh-obrach a bhith ann am Bile ùr an Àiteachais gus gnìomhan a chur an comas aig ìre tùs-aibhne no cruth-tìre agus gus taic a chumail riutha.

### Ceistean

- a) A bheil thu a’ creidsinn gum bu chòir dòigh-obrach a bhith ann am Bile ùr an Àiteachais gus bith-iomadachd a dhìon agus ath-nuadhachadh, gus taic a chumail ri èadhar glan agus fallain, ri uisge agus ùir, gus cur ri lùghdachadh cunnart tuiltean gu h-ionadail agus shìos an abhainn agus gus nàdar soirbheachail, seasmhach a chruthachadh?
- Tha
  - Chan eil
  - Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

- b) A bheil thu den bheachd gum bu chòir dòigh-obrach a bhith ann am Bile ùr an Àiteachais gus pàighidhean a dhèanamh comasach le ùmhlachd do toraidhean a chumas taic ri cumail suas agus ath-nuadhachadh nàdair, còmhla ri pàighidhean roghainneil cuimsichte?
- Tha
  - Chan eil

Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

c) A bheil thu den bheachd gum bu chòir dòigh-obrach a bhith ann am Bile ùr an Àiteachais gus pàighidhean sgèile cruth-tìre/tùs-aibhne a chur an comas a chumas taic ri bhith a' dèanamh biadh àrd-inbhe?

Tha

Chan eil

Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

## **A' Dèanamh Biadh de dh'Àrd Càileachd**

### **Cùl-fhiosrachadh**

Tha àite cudromach aig biadh is deoch ann an cultar agus eaconamaidh na h-Alba. A' dèanamh cinnteach gu bheil deagh chothrom aig muinntir na h-Alba air a' bhiadh fhallain, bheathachail a tha a dhìth orra, gu bheil companaidhean bìdh nam feart soirbheachail den eaconamaidh agus nan àiteachan far a bheil daoine ag iarraidh a bhith ag obair. Agus cuideachd, a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil toradh Albannach a' sìor fhàs fallain agus math dhan àrainneachd mar chlach-oisinn aig dòigh-obrach Riaghaltas na h-Alba a thaobh ar Biadh is Deoch.

Tha gnìomhachd iomlan Riaghaltas na h-Alba agus a chom-pàirtichean a thaobh biadh is deoch stèidhichte air na mòr-mhiannan sin, bho fhàs sa choimhearsnachd gu bhith a' cruthachadh cheanglaichean ùra le luchd-ceannach thall thairis, bho bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an dìon laghail aig ar bathar suaicheanta a dh'fheumas iad, gu bhith a' faighinn barrachd bìdh ionadail de chàileachd àrd air a' chlàr-bhìdh ann an sgoiltean, agus mòran a bharrachd a bharrachd. Tha an dòigh-obrach 'tuathanas gu truinnsair' againn ri fhaicinn ann an ullachaidhean Bile an Àiteachais a bheir comas dhuinn taic a thoirt do ghnìomhachasan bìdh is dibhe agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann am biadh is deoch.

Tha dealas aig Ministearan na h-Alba a bhith a' brosnachadh dèanamh bìdh de dh'àrd-chàileachd, a tha air a dhèanamh ann an dòigh nas seasmaiche. Bha agus tha buaidh aig tachartasan cruinneil bho chionn ghoirid air tèarainteachd bìdh cruinneil agus feumar an toirt fa-near ann am poileasaidh bìdh san àm ri teachd.

Anns a' Mhàrt am-bliadhna, stèidhich sinn Buidheann Gnìomha Beatha-ghoirid air Tèarainteachd Bidhe is Solarachaidh Bidhe, còmhla ris a' ghnìomhachas. B' e amasan na Buidhne Gnìomha sùil a chumail air agus a bhith a' comharrachadh buaireadh sam bith a dh'fhaodadh a bhith ann air an t-sèine-solair bìdh is dighe mar thoradh air buaidh a' chogaidh san Ugràin. Chaidh a stèidheachadh cuideachd gus

ceuman gearr-ùine, meadhan-ùine agus fad-ùine sam bith gus buaidhean a lasachadh, cùisean solarachaidh fhuasgladh agus tèarainteachd bìdh agus solar a neartachadh ann an Alba - an dà chuid le gnìomhachas agus leis an Riaghaltas. Dh'fhoillsich a' bhuidheann gnìomh an [aithisg aca](#) san Ògmhios. Cuidichidh na h-ullachaidhean comasachaidh a thathar a' moladh sa cho-chomhairle gus na molaidhean sin a libhrigeadh.

Bheir na poileasaidhean againn comas do dh'Alba an roinn àiteachais is bìdh aice a leasachadh ann an dòighean a bhrosnaicheas tèarainteachd bìdh: le luchd-obrach sgileil a bhith againn, le bhith a' cumail tuathanaich ann an tuathanachas, le bhith a' giorrachadh shèinichean-solair agus le bhith a' lùghdachadh sgudal bìdh, le bhith a' comasachadh roinneadh chunnartan taobh a-staigh àiteachas agus roinnean bìdh, le bhith a' toirt taic do raon farsaing de mhodalan àiteachais agus de bhàrr eadar-dhealaichte, agus le bhith a' cur ri ar amasan cothromachadh-carboin a bhith againn. Tha àite cudromach aig Bile an Àiteachais ann a bhith a' toirt nan amasan sin gu buil.

Tha Bile Nàisean an Deagh Bhìdh a' cur an cèill miann Riaghaltas na h-Alba a bhith nar Nàisean Deagh Bhìdh. Tha am Bile a' cur dleastanasan air Ministearan na h-Alba agus cuid de dh'ùghdarrasan poblach planaichean a dhèanamh mu na poileasaidhean aca a thaobh biadh agus a bhith mìneachadh na nì iad gus na planaichean sin a thoirt gu buil. Tha sinn airson 's gum bi na planaichean sin a' libhrigeadh bhuilean a bheir taic do shunnd sòisealta is eaconamach na dùthcha againn, dhan àrainneachd, slàinte is sunnd dhaoine, leasachadh eaconamach, sochair bheathaichean, foghlam agus bochdainn chloinne. Bidh Bile ùr an Àiteachais a' feuchainn ri cuideachadh gus na toraidhean sin a libhrigeadh. Tha an Roinnleachd Bidhe Ionadail a' mìneachadh na tha sinn a' dèanamh gus dèanamh cinnteach gum faigh daoine deagh bhiadh ionadail co-dhiù tha iad an taigh, san sgoil, aig obair no air a' bhlàr a-muigh.

Is e dùthaich a th' ann an Alba a tha a' dèanamh toraidhean bìdh is dibhe aig àrd-ìre seach a bhith a' dèanamh tòrr mòr dhiubh. Cha ghabh na targaidhean againn airson teachd a-steach àrdachadh a thoirt gu buil ach le bhith a' neartachadh an t-seine-solair. Tha sinn cuideachd air gealltainn gnìomhan practaigeach a ghabhail a bhios a' dèiligeadh an dà chuid ri comharraidhean agus adhbharan neo-thèarainteachd bìdh. Tha Ministearan na h-Alba mar-thà air feuchainn ri còraichean bìdh a chur aig cridhe poileasaidh poblach le bhith a' cumail orra a' toirt dùbhlàn dìreach do dh'adhbharan mì-thèarainteachd bìdh. Tha Riaghaltas na h-Alba air aontachadh Aonad Tèarainteachd Bìdh a stèidheachadh gus aghaidh a chur air na cùisean sin.

A thaobh smachdan làithreach air càileachd bìdh, tha mòran de na riaghailtean mionaideach airson inbhean margaidheachd airson biadh air tighinn bhon Aonadh Eòrpach. Bha a' Bhuidheann Mhargaidh Singilte Choitcheann (*Common Market Organisation* - 'CMO'), Riaghailt a ghlèidh lagh an AE (AE) 1308/2013, mar phàirt den phoileasaidh àiteachais coitcheann agus tha i a-nis air a ghleidheadh mar lagh an EU. Bidh an CMO a' stèidheachadh co-òrdanachadh coitcheann de mhargaidhean ann am bathar àiteachais (a' gabhail a-steach mòran prìomh sheòrsaichean bìdh leithid cearcan, feòil, feòil-mart, uighean is msaa). Bidh e riatanach a bhith comasach air na riaghailtean làithreach mu bhiadh atharrachadh gu furasta gus misneachd luchd-cleachdaidh agus ìrean càileachd àrd a chumail suas.

Tha an CMO cuideachd a' toirt seachad sgeamaichean taic airson biadh sònraichte no toraidhean àiteachais no roinnean sònraichte de dh'àiteachas, a' gabhail a-steach:

- buidhnean luchd-dèanamh
- bainne sgoile
- measan is glasraich
- beachlannaireachd
- eadar-theachd poblach agus taic stòraidh prìobhaideach airson toraidhean àiteachais far a bheilear a' coinneachadh ri cumhachan margaidh sònraichte.

Ach, tha coltas ann gum bi feum air dòighean maoinachaidh sònraichte a bharrachd airson roinn a' bhiadh-àiteachais gus piseach a thoirt air an roinn seo agus gus a leasachadh barrachd, agus aig an aon àm a' toirt aire dhan cho-theacsa nas fharsainghe a tha air a mhìneachadh sa phàipear co-chomhairleachaidh seo. Is iad sin na raointean far am faodadh taic a bhith a dhìth: a bhith a' brosnachadh seasmhachd, èifeachdas, co-obrachadh, leasachadh gnìomhachais, foghlam, giullachd agus margaidheachd anns an roinn biadh-àiteachais.

A bharrachd air sin, mar a chunnacas bho chionn beagan bhliadhnaichean, bidh tachartasan ris nach robh dùil a' tachairt uaireannan a bheir droch bhuaidh air solar is càileachd bìdh. Gus dèiligeadh ri a leithid de dh'èiginn bhiodh e iomchaidh cumhachdan a bhith ann gus taic a thoirt dhan roinn biadh-àiteachais agus buidhnean co-cheangailte riutha ma tha cùisean èiginn mòra ann a bheir buaidh air sgaoileadh no càileachd bìdh.

## Moladh

Gus an [Lèirsinn](#) a libhrigeadh “gu bheil biadh àrd-inbheach, beathachail air a dhèanamh gu h-ionadail deatamach dhan t-sunnd againn – a thaobh eaconamaidh, àrainneachd, cùisean sòisealta agus slàinte. "Bidh sinn a' cumail taic ri tuathanaich is croitearan gus barrachd de na feumalachdan bìdh againn a choileanadh gu seasmhach agus a bhith ri àiteachas agus croitearachd a rèir nàdair". Tha sinn a' moladh:

- I. *A' toirt cumhachdan gus atharraichean a dhèanamh air riaghailtean co-cheangailte ri biadh* - Tha barrachd riaghailtean mu bhuidheann na margaidh chumanta (m.e. inbhean margaidheachd agus tuairisgeulan malairt) ann an Ionstramaidean Reachdail na h-Alba agus lagh glèidhte an AE. Chaidh an CMO atharrachadh gu ìre le Achd Àiteachais (Lagh is Dàta Glèidhte an AE) (Alba) 2020 (“Achd 2020”). Tha an RA air an t-Aonadh Eòrpach fhàgail a-nis is mar sin, tha cothrom air a bhith ann faicinn mar a dh'fheumar cumhachdan a chleachdadh. Mar thoradh air an seo, tha feum air beagan rèiteachaidhean teicnigeach gus leigeil le Ministearan na h-Alba lagh glèidhte an AE agus an reachdas co-cheangailte atharrachadh a thaobh eagrachadh margaidh chumanta anns an raon bìdh is dibhe.

- II. *A' leantainn air adhart a' toirt seachad taic làithreach le biadh* - A bharrachd air sin, dh'fhaodadh gum bi feum air atharraichean a thaobh nàdar na taic gus comas a thoirt do Riaghaltas na h-Alba amasan nas fharsainge a lìbhrigeadh a tha aig an aon àm a rèir an t-suidheachaidh làithreach. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh gum bi cothroman ann taic a dhealbhadh a rèir co-theacsa na h-Alba agus aig an aon àm a bhith a' cumail ris an amas a bhith a' co-thaobhadh ris an AE, gus barrachd de na measan, glasraich agus toraidhean gàrradaireachd againn fhèin a thoirt gu buil; gus cuideachadh leis a' phrògram apiculture; gus taic a chumail ris an eaconamaidh chearcallach; no gus ar targaidean atharrachadh gnàth-shìde agus bith-iomadachd a choileanadh. Mar an ceudna dh'fhaodadh gum bi atharraichean air sgeamaichean taic aig ìre an AE air am bi Alba airson beachdachadh mar phàirt den phoileasaidh co-thaobhadh aice. Mar sin tha sinn a' moladh gum bu chòir cumhachdan a bhith aig Ministearan na h-Alba na riaghailtean CMO atharrachadh agus ceumannan iomchaidh a ghabhail gus taic a thoirt do roinnean iomchaidh san àm ri teachd.
- III. *A' toirt seachad chumhachdan ùra gus taic a thoirt dhan roinn biadh-àiteachais* – Bu chòir dòigh-obrach a bhith ann am Bile an Àiteachais gus pàighidhean a dhèanamh comasach a chuidicheas le bhith a' libhrigeadh dèanamh bìdh agus, far a bheil e iomchaidh, tabhartasan a thoirt seachad gus taic a thoirt do gach cuid an roinn biadh-àiteachais agus buidhnean co-cheangailte ri roinn an àiteachais-bìdh an co-cheangail ri:
- Seasmhachd biadh-àiteachais
  - Èifeachdas biadh-àiteachais
  - Co-obrachadh biadh-àiteachais
  - Leasachadh gnìomhachas biadh-àiteachais
  - Foghlam biadh-àiteachais
  - Giollachd biadh-àiteachais
  - Margaidheachd biadh-àiteachais
- IV. *A' toirt chumhachdan cùl-stòrais gus taic a thoirt dhan roinn biadh-àiteachais* - Bu chòir cumhachd a bhith ann am Bile ùr an Àiteachais no gus ainmeachadh nuair a tha suidheachaidhean sònraichte no ris nach robh dùil ann a bheir droch bhuaidh air dèanamh no sgaoileadh bìdh, agus an comas taic ionmhais a thoirt seachad, ma tha sin riatanach, dhan roinn biadh-àiteachais agus buidhnean co-cheangailte ris a bheil, no a dh'fhaodadh fulaing bho dhroch bhuaidh air teachd-a-steach leis na suidheachaidhean sònraichte no ris nach robh dùil a tha air am mìneachadh san ainmeachadh.

## Ceistean

- a) A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir na cumhachdan ann an Achd Àiteachais is Lagh is Dàta Glèidhte an Aonaidh Eòrpaich (Alba) 2020 a leudachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil sùbailteachd aig Ministearan na h-Alba gus freagairt nas fheàrr air an t-suidheachadh làithreach, às dèidh fàgail an AE, ann am buidhnean na margaidh coitchinn agus gus atharrachaidhean a dhèanamh air riaghailtean mu biadh gu furasta?

- Tha
- Chan eil
- Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

- b) A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir cumhachdan a bhith aig Ministearan na h-Alba gus sgeamaichean no taic eile a bhuineas do na margaidhean àiteachais a thòiseachadh, a thoirt gu crìch, no atharrachadh?

- Tha
- Chan eil
- Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

- c) A bheil thu den bheachd gum bu chòir dòigh-obrach a bhith ann am Bile ùr an Àiteachais gus pàighidhean a chur an comas a chumas taic ri bhith a' dèanamh biadh àrd-inbhe?

- Tha
- Chan eil
- Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

- d) A bheil thu den bheachd gum bu chòir dòigh-obrach a bhith ann am Bile ùr an Àiteachais ùr gus tabhartasan a thoirt seachad gus taic a chumail ri gnìomhachas anns an t-sèine-solair biadh-àiteachais (agri-food) gus seasmhachd, èifeachdas, co-obrachadh, leasachadh gnìomhachais, foghlam, giollachd agus margaidheachd a bhrosnachadh ann an roinn a' bhìdh-àiteachais?

- Tha
- Chan eil
- Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

- e) A bheil thu den bheachd gum bu chòir cumhachdan a bhith ann am Bile ùr an Àiteachais gus an urrainn Ministearan na h-Alba cur an cèill nuair a tha suidheachaidhean sònraichte no ris nach robh dùil a' toirt buaidh air dèanamh no sgaoileadh bìdh?

- Tha
- Chan eil

Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

f) A bheil thu a' creidsinn gum bu chòir cumhachdan a bhith ann do Mhinistearan na h-Alba ann am Bile ùr an Àiteachais gus taic-airgid a thoirt do roinn a' bhìdh-àiteachais agus do bhuidhnean co-cheangailte ris, nuair a tha na suidheachaidhean sònraichte no ris nach robh dùil a tha air am mìneachadh san aithris air an deach iomradh a thoirt anns a' phàipear co-chomhairleachaidh a tha, no a dh' fhaodadh, droch bhuaidh a thoirt air an teachd-a-steach, air an deach iomradh a thoirt gu h-àrd?

- Tha
- Chan eil
- Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

g) A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir cumhachdan a bhith ann am Bile ùr an Àiteachais gus fiosrachadh a phròiseasadh agus a cho-roinn leis an roinn biadh-àiteachais agus le sèineachan-solair gus an urrainn dhaibh piseach a thoirt air èifeachdas gnìomhachais?

- Tha
- Chan eil
- Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

## Leasachadh Dùthchail san Fharsaingeachd

### Cùl-fhiosrachadh

Tha dealas aig Riaghaltas na h-Alba a bhith a' cumail suas agus a' leasachadh choimhearsnachdan dùthchail is eileanach a tha seasmhach agus soirbheachail agus a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil guthan ionadail a' cumadh agus a' stiùireadh leasachadh coimhearsnachd.

Tha poileasaidh leasachaidh dùthchail an EU air a dhealbhadh gus taic a thoirt do sgìrean dùthchail an Aonaidh agus gus coinneachadh ris an raon fharsaing de dhùbhlain eaconamach, àrainneachdail agus sòisealta. Tha poileasaidh leasachadh dùthchail air a chur an gnìomh tro phrògraman ioma-bhliadhnail a chaidh a dhealbhadh le Ball-stàitean. The Prògram Leasachaidh Dùthchail na h-Alba a' toirt seachad taic tro fharsaingeachd de sgeamaichean aig an àm seo.

Tha Bile ùr an Àiteachais a' toirt cothrom gus an dà chuid dòighean taic ùra agus dòighean taic a bharrachd a libhrigeadh co-cheangailte ri riaghladh agus cleachdadh nas fharsainghe de mhaoin nàdarra na h-Alba a bheir air adhart leasachadh dùthchail agus a tha fhathast co-chòrdail ri builean an AE. Leigidh Bile ùr an Àiteachais, gu sònraichte, gnìomh agus taic ionmhais a bhith ann do ghnìomhachdan gus cur gu dìreach ri coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach agus aig an aon àm a bhith a' comasachadh agus a' toirt taic do cho-obrachadh gus togail comais agus atharrachadh adhartach a cheadachadh.

Tha Sgeama Thabhartasan na Coilltearachd (FGS) mar eisimpleir air a stèidheachadh ann an lagh glèidhte an AE às dèidh dhan RA an t-AE fhàgail. Tha na laghan glèidhte sin a' toirt seachad frèam reachdail, gèillidh, ionmhais agus IT airson an FGS am measg eile. Tha FGS a' cumail taic ri raon de ghnìomhachd taobh a-muigh cruthachadh choilltean a' gabhail a-steach riaghladh choilltean, leasachadh coimhearsnachd agus togail beairteas, slàinte chraobhan, bun-structar choilltean, cleachdadh ionadail air sgèile bheag de dh'fhiodh agus bathar fiodha, agus co-obrachadh eadar stiùirichean-fearainn. Aig an àm seo, tha na nithean seo air am maoinachadh tro cheuman a tha ag amas air taic a chumail ri leasachadh dùthchail san fharsaingeachd.

Mar sin, às dèidh dhan RA an t-Aonadh Eòrpach fhàgail, dhùin am prògram LEADER anns an dùbhlachd 2021. Às dèidh dùnadh LEADER, choimhead na prògraman 'Communities Testing Change' agus 'Ideas to Action' air dòighean-obrach san àm ri teachd a thaobh leasachadh ionadail air a stiùireadh leis a' choimhearsnachd ann an coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach ann an Alba. Chomharraich prìomh ionnsachadh bho na prògraman sin gum feum prògram sam bith san àm ri teachd gus luach sòisealta agus eaconamaidh dùthchail eadar-mheasgte agus ath-leumach a libhrigeadh a bhith:

- a' comasachadh agus a' cumail taic ri obair com-pàirteachais agus a bhith a' co-roinn eòlas eadar diofar bhuidhnean ann an coimhearsnachdan;
- A' cur ri togail comas-libhrigidh ann an coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach;
- A' toirt taic is brosnachadh do thionnsgalachd agus cruthachalachd; agus
- A' toirt cumhachd do choimhearsnachdan ionadail gus co-dhùnaidhean a dhèanamh gus na prìomhachasan a stèidheachadh a tha a rèir feumalachdan ionadail (taobh a-staigh co-theacsa phrìomhachasan nàiseanta) leis gu bheil na co-dhùnaidhean sin a' toirt buaidh dhìreach air beatha dhaoine ann an sgìrean dùthchail.

Còmhla ri prògram LEADER, tha na cumhachdan air taic a chumail ri neartachadh lìonrachadh agus deagh chleachdadh a thaobh mar a tha leasachadh dùthchail air a thoirt air adhart ann an Alba. Tha Lìonra Dùthchail na h-Alba (*Scottish Rural Network* - SRN) air seo a choileanadh tro cho-obrachadh agus co-roinn fiosrachadh, bheachdan agus deagh chleachdadh agus tro bhith a' brosnachadh ùr-ghnàthachadh ann an àiteachas, dèanamh biadh agus coilltearachd. A bharrachd air seo, tha an SRN air a bhith na mheadhan gus fiosrachadh agus cothrom a thoirt do thuathanaich, manaidsearan fearainn, coimhearsnachdan dùthchail is eileanach agus luchd-ùidh gus buaidh a thoirt air leasachaidhean poileasaidh. Tha an SRN air



cuideachadh le bhith a' neartachadh coimhearsnachdan is gnìomhachasan dùthchail is eileanach na h-Alba le bhith a' toirt taic agus cumhachd dhaibh a bhith nan àiteachan seasmhach agus beòthail airson a bhith a' fuireach, ag obair agus ag ionnsachadh.

Ged a dh'fhaodadh na h-iomairtean sin a thighinn air adhart a rèir na dòigh-obrach a thaobh poileasaidh àiteachais agus cleachdadh fearainn san fharsaingeachd, tha Riaghaltas na h-Alba an dùil na prionnsapalan a tha nam bunait dhaibh a ghleidheadh agus a dhèanamh cinnteach gu bheil na cumhachdan iomchaidh ann am Bile ùr an Àiteachais gus an urrainn dhaibh a chumail agus atharrachadh mar as iomchaidh.

## Moladh

Gus an [Lèirsinn](#) a libhrigeadh agus gus “*dèanamh cinnteach gum bi e comasach do mhuinntir na h-Alba a bhith beò agus ag obair gu seasmhach air an fhearann againn*” tha sinn a' moladh dòigh-obrach fearainn iomlan a bhith ann a tha ag amas air piseach a thoirt air na stòrasan nàdarra san fharsaingeachd a mheudachadh ann a bhith a' coileanadh ar targaidean atharrachadh gnàth-shìde agus aig an aon àm a bhith a' faighinn buannachd. agus a' toirt cumhachd do choimhearsnachdan dùthchail gu h-iomlan tha sinn a' moladh:

- I. Ullachadh a dhèanamh fo Bhile ùr an Àiteachais gus leantainn air adhart a' toirt taic do stiùirichean-fearainn agus coimhearsnachdan a tha a' dèanamh agus a' toirt taic do ghnìomhachd eaconamach co-cheangailte ri riaghladh fearainn, a' gabhail a-steach ach gun a bhith cuibhrichte ri àiteachas.
- II. Gus comas a thoirt do dh'Alba cumail oirre a' toirt taic do leasachadh dùthchail – obair cho-obrachail, com-pàirteachais; togail comas; taic airson ùr-ghnàthachadh agus com-pàirteachadh ann an leasachadh ionadail agus poileasaidh – tha sinn a' moladh gum bu chòir dhan Bhile Àiteachais ùr cumhachdan agus dòighean-obrach eile a thoirt do Mhinistearan na h-Alba gus na rudan a leanas a chur an comas:
  - Gnìomhachd agus taic ionmhasail airson leasachadh dùthchail agus an eaconomaidh dùthchail san fharsaingeachd.
  - Gnìomhachd co-cheangailte ri bhith a' libhrigeadh leasachadh ionadail air a stiùireadh leis a' choimhearsnachd gus an gabh na prionnsabalan a chaidh a chur an cèill gu h-àrd a libhrigeadh.
  - Gnìomhachd agus taic ionmhais airson co-obrachadh agus airson a bhith a' co-roinn fiosrachaidh, bheachdan agus deagh chleachdadh.
  - Gnìomhachd agus taic ionmhasail airson tionnsgalachd ann an àiteachas, dèanamh biadh, coilltearachd agus stiùireadh fearainn.
  - Gnìomhachd agus taic ionmhais do thuathanaich, manaidsearan fearainn, coimhearsnachdan dùthchail is eileanach agus luchd-ùidh gus buaidh a thoirt air leasachaidhean poileasaidh.
  - Gnìomhachd agus taic ionmhais airson ruigsinneachd phoblach agus tuigse air cleachdadh fearainn.

## Ceistean

a) A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir na molaidhean a tha air am mìneachadh gu h-àrd a bhith ann am Bile ùr an Àiteachais?

- Tha
- Chan eil
- Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

b) A bheil raointean eile co-cheangailte ri riaghladh fearainn neo-àiteachais leithid coilltearachd air am bu chòir beachdachadh air taic a thoirt fo Bhile an Àiteachais nad bheachd gus cuideachadh le bhith a' libhrigeadh stiùireadh fearainn amalaichte agus a bhith a' libhrigeadh nan toraidhean a tha na lùib?

- Tha
- Chan eil
- Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

c) Dè na cumhachdan eile a dh'fhaodadh a bhith a dhith gus leasachadh dùthchail a chur an comas ann an coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach na h-Alba?

- Tha
- Chan eil
- Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

d) Dè na buaidhean sòisealta, eaconamach no eile a dh'fhaodadh a bhith aig na cumhachdan sin air coimhearsnachdan dùthchail is eileanach na h-Alba, math no dona?

- Tha
- Chan eil
- Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

## Slàinte agus Leas Bheathaichean

### Cùl-fhiosrachadh

Tha traidisean làidir aig Alba de stoc le àrd ìre de luach, slàinte is leas. Chaidh seo a thogail air teagasg, rannsachadh agus leasachadh a tha air leth agus air aithneachadh gu h-eadar-nàiseanta, sgrùdadh le lighichean-sprèidh, tar-chur agus co-roinn eòlas agus roinn innleachdach a bheir beathaichean beò, stuthan ginteil agus toraidhean bheathaichean do mhargaidhean dachaigheil is eadar-nàiseanta. Tha èifeachdas na h-obrach, a' cleachdadh a' bhunait làidir seo chun na h-ìre as fheàrr ro-chudromach dhan roinn san àm ri teachd gus dèanamh cinnteach gun tèid buannachdan àrainneachdail is eaconamach a choileanadh.

Tha dealas Mhinistearan na h-Alba airson a bhith a' dìon agus ag àrdachadh slàinte is leas air a dhearbhadh le gealltanais gus Seirbheis Lighichean-sprèidh na h-Alba a chruthachadh, tron tasgadh leantainneach ann an siostaman lorgaireachd (*traceability* - ScotEID), an leasachadh air reachdas leas bheathaichean agus planaichean airson smachd a chumail air grèidhear agus Sionndram Analach agus Gintinn nam Muc (PRRS). Tha na leasachaidhean seo ann an slàinte bheathaichean air tighinn le taic agus com-pàirteachas bho roinn sprèidh na h-Alba. Is fhiach toirt fa-near gu bheil leasachaidhean co-cheangailte ri iomairtean leithid cur às do BVD a' toirt seachad luach a bharrachd bho bhith ag àrdachadh mothachadh air bith-thèarainteachd (a' faighinn stoc, a' dealachadh stoc, feansadh, banachdaichean is msaa) a chuireas ri dìon bho ghalaran nas miosa buileach.

Anns na beagan bhliadhnachan mu dheireadh tha mion-sgrùdadh agus aithisgean bho shealladh saidheansail agus gnìomhachais air an fhianais a chlàradh airson buaidh droch shlàinte air àrach sprèidh èifeachdach (gu h-eanamach agus gu h-àrainneachdail) agus air gnìomhan a mholadh a ghabhadh gabhail gus casg agus smachd a chumail air galaran aig ìre tuathanais. Tha an fhianais air tricead nàiseanta nan galaran sin, agus air an ìre de chuingealachaidhean air èifeachdas a' ghnìomhachais a tha iad ag adhbharachadh, neo-iomlan leis nach fheumar aithris no innse mun deidhinn, ged a tha buileachadh Riaghailt Slàinte Bheathaichean an AE bho chionn ghoirid air seo atharrachadh airson beagan galaran.

Tha deagh shlàinte na pàirt riatanach de dheagh shochair bheathaichean. Is urrainn droch shlàinte a chaidh adhbharachadh le nithean gabhaltach no factaran eile an-shocair agus pian adhbharachadh dhan bheathach agus dragh adhbharachadh dhan neach-gleidhidh, dhan lighiche-sprèidh agus dhan phoball. Cuiridh deagh shochair co-cheangailte ri mar a thathar a' cumail bheathaichean a' gabhail a-steach taigheadas agus àrainneachd mhath, beathachadh, deagh stiùireadh stuic agus comas giùlan àbhaisteach a bhith aig beathaichean ri slàinte agus àrach stoc; san aon dòigh a chuireas slàinte nas fheàrr ri sunnd nam beathaichean. Feumaidh comhairle agus stiùireadh mun dà chuid a bhith air an dèanamh freagarrach don t-siostam riaghlaidh fo bheil sprèidh air an cumail.

Am measg nan cumhachdan a th' aig Ministearan na h-Alba aig an àm seo gus taic ionmhais a thoirt do thuathanaich airson slàinte is leas bheathaichean, tha an fheadhainn a tha ann an Achd Slàinte Bheathaichean 1981 a th' ann gus smachd a chumail air grunn ghalaran sprèidh a dh'fheumar aithris agus innse mu dheidhinn,

mar eisimpleir, an Galar Roileach agus Flu nan Eun. Tha na cumhachdan sin a' ceadachadh airgead-dìolaidh a phàigheadh do thuathanaich airson call bheathaichean a thèid a mharbhadh mar phàirt den phoileasaidh smachd. Tha cumhachd coitcheann aig Ministearan na h-Alba cuideachd suimean a tha iad a' meas iomchaidh a chosg gus cur às do na galaran sin no do ghalaran bheathaichean eile chun nas h-ìre as motha 's a ghabhas, le cumhachdan sgrùdaidh agus cur an gnìomh co-cheangailte riutha.

Gus taic a thoirt do ghnìomhachasan dùthchail tha Ministearan na h-Alba air grunn chumhachdan eile a chleachdadh ann an diofar achdachaidhean, a rèir nàdar a' phròiseict no na h-iomairt buntainnich, a' gabhail a-steach Achd Luchd-seilbh Beaga (Alba) 1911 a tha a-nis caran seann fhasanta.

Is e an rud a tha a dhìth sreath de chumhachdan a tha freagarrach dhan latha an-diugh a leigeas le Ministearan na h-Alba a bhith a' coinneachadh ri bun-riatanasan slàinte is leas bheathaichean is bith-thèarainteachd mar chumha gus taic tuathanachais fhaighinn, agus maoineachadh a sholarachadh airson ceuman a chur an sàs a chuireas ri slàinte is leas bheathaichean tuathanais.

## Molaidhean

Tha Alba ag amas air leasachadh leantainneach ann an slàinte is leas bheathaichean gus slàinte is leas bheathaichean a dhìon agus àrdachadh nas fheàrr, gus àrach èifeachdach a dhèanamh comasach agus gus malairt adhartachadh agus gus misneachd luchd-cleachdaidh a thoirt seachad. Gus an t-amas seo a choileanadh, tha sinn a' moladh na leanas:

- I. Bu chòir cumhachdan a bhith ann am Bile ùr an Àiteachais gus inbhean a stèidheachadh airson slàinte, sochair is bith-thèarainteachd bheathaichean mar chumha gus pàighidhean fhaighinn?
- II. Bu chòir cumhachdan a bhith ann am Bile ùr an Àiteachais gus pàighidhean a dhèanamh gus taic a thoirt do leasachaidhean ann an slàinte, sochair agus bith-thèarainteachd bheathaichean, a tha a' dol seachad air na bun-ìrean laghail?
- III. Bu chòir cumhachdan a bhith ann am Bile ùr an Àiteachais gus dàta slàinte, sochair agus bith-thèarainteachd stoc a chruinneachadh agus a cho-roinn.

## Ceistean

- a) A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir cumhachdan a bhith ann am Bile ùr an Àiteachais gus bun-inbhean a stèidheachadh airson slàinte is sochair bheathaichean mar chumha gus pàighidhean fhaighinn?
  - Tha
  - Chan eil
  - Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

- b) A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir cumhachdan a bhith ann am Bile ùr an Àiteachais gus pàighidhean a dhèanamh gus taic a thoirt do leasachaidhean ann an slàinte, sochair agus bith-thèarainteachd bheathaichean, a tha a' dol seachad air na bun-ìrean laghail?

- Tha  
 Chan eil  
 Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

- c) A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir cumhachdan a bhith ann am Bile ùr an Àiteachais gus dàta slàinte, sochair agus bith-thèarainteachd stoc a chruinneachadh agus a cho-roinn?

- Tha  
 Chan eil  
 Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

## Goireasan Gineadach Lusan agus Slàinte Lusan

### Cùl-fhiosrachadh

Tha iomadachd ginteil am measg lusan dachaigheil agus an co-leithid fiadhaich na bhunait làidir às an urrainn dhuinn tarraing airson a bhith a' cruthachadh seòrsaichean ùra agus siostaman àiteachais seasmhach a chruthachadh. A dh'aindeoin barrachd cuideam bho chuideaman bitheach (*biotic stress*) (plàighean is galaran is msaa) agus bho chuideaman neo-bhitheach (*abiotic stress*) (a' ghnàth-shìde is truailleadh ùir is msaa), còmhla ri iomairtean gus steach-churan leithid bathair dìon planntais agus tothar-gallda a lùghdachadh, tha coltas ann gum bi bunait stòrais ginteil planntais farsaing deatamach gus dèanamh cinnteach gu bheil tèarainteachd bìdh ann san àm ri teachd. Dh'fhaodte gum bi feum air maoineachadh a bharrachd airson glèidhteachas stòrasan ginteil lusan gus taic a thoirt dhan raon seo.

Tha luach mòr aig lusan dhan eaconamaidh agus dhan chomann sòisealta. Tha plàighean is galaran lusan a' bagairt an luach sin. Tha dèiligeadh ri galaran-sgaoilte cosgail do ghnìomhachasan, dhan chomann-shòisealta agus dhan riaghaltas. Tha sinn airson a bhith nas comasaiche air buaidh phlàighean is galaran a sheasamh agus airson ath-shlànachadh bhuapa, a' dìon nam buannachdan a tha planntais a' tabhann airson ginealaichean ri teachd. Tha sinn airson call nas lugha fhaicinn bho

phèistean is galaran, agus gus dèanamh cinnteach gun seas na planntaichean againn ri dùbhlain san àm ri teachd le bhith ag àrdachadh am fulangas agus le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil siostaman an sàs gus taic a thoirt dhan fhreagairt do sgaoilidhean pèistean/ghalaran agus do dh'ath-shlànachadh a' chruth-tìre.

## Co-theacsa nam molaidhean

Tha sinn airson dèanamh cinnteach gu bheil na cumhachdan iomchaidh againn gus taic a thoirt do dh'iomairtean a ghlèidheas goireasan planntais ginteil. Tha an raon seo a' co-thaobhadh ris an t-sealladh mu bhith a' dìon agus ag ath-nuadhachadh bith-iomadachd, a' gabhail a-steach bith-iomadachd àiteachais. Tha glèidheadh ghoireasan den t-seòrsa seo a' co-thaobhadh ris [na h-Amasan Leasachadh Seasmhach](#) (Amas 2, Targaid 2.5), a tha air an sònrachadh do dh'Alba leis an [Fhrèam Coileanaidh Nàiseanta](#) .

Tha sinn airson dèanamh cinnteach gu bheil na cumhachdan iomchaidh againn gus taic a thoirt do dh'iomairtean gus slàinte lusan a dhìon agus a leasachadh, mar eisimpleir le bhith a' leigeil le uachdarain gnìomhan iomchaidh agus ùineil a ghabhail mar fhreagairt air plàighean is galaran. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach, mar eisimpleir, taic gus lusan le galair a thoirt air falbh, galaran a làimhseachadh, no gnìomh ro-chasgach a dhèanamh tro bhith a' toirt air falbh tùsan phlàighean, no gus taic a thoirt seachad airson faighinn seachad air plàighean is galaran ann an cruthan-tìre tro bhith ag ath-chur le gnèithean iomchaidh gus tapachd a thogail agus gus a' bhuaidh lùghdachadh bho sgaoileadh galair/plàigh sam bith san àm ri teachd.

## Moladh

- I. Gus dèanamh cinnteach gu bheil cumhachd aig Ministearan na h-Alba gus taic a thoirt seachad airson glèidhteachas Stòrasan Ginteil Lusan, a' gabhail a-steach lusan air an leasachadh agus air am fàs airson adhbharan àiteachais, gàrradairachd no coilltearachd agus an co-leithid fiadhaich - dh'fhaodadh an leithid de thaic a bhith a' gabhail a-steach, mar eisimpleir, ceuman airson maoineachadh phrògraman ex-situ, leithid bancaichean-gine agus bancaichean sìl coimhearsnachd, no ceumannan in-situ/circa-situ gus raointean-fearainn agus bàrr fiadhaich a ghleidheadh tro sgeamaichean tuathanais.
- II. Gus dèanamh cinnteach gu bheil cumhachd aig Ministearan na h-Alba taic a thoirt seachad gus slàinte planntais a dhìon agus a leasachadh – mar eisimpleir, taic do cheumannan gus smachd a chumail air sgaoileadh phlàighean is ghalaran no gus seasmhachd àrdachadh an aghaidh sgapaidhean.

## Ceistean

- a) A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir cumhachdan a bhith aig Ministearan na h-Alba gus taic a thoirt do ghlèidhteachas Goireasan Gineadach Lusan, a' gabhail a-steach planntais air an cruthachadh agus air am fàs airson adhbharan àiteachais, gàrradaireachd no coilltearachd agus an co-leithid fiadhaich?
- Tha
  - Chan eil
  - Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt:

- b) A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir cumhachd a bhith aig Ministearan na h-Alba gus taic a thoirt seachad gus slàinte lusan a dhìon agus a leasachadh?
- Tha
  - Chan eil
  - Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

## C. Sgilean, Sgaoileadh Eòlais agus Ùr-ghnàthachadh

### Cùl-fhiosrachadh

Tha tar-chur fiosrachaidh agus ùr-ghnàthachadh nan eileamaidean deatamach ann a bhith a' dèiligeadh ri beàrnan sgilean ann an roinn an àiteachais agus a' libhrigeadh ùr-ghnàthachadh tro leasachaidhean practaigeach ann am farpaiseachd àiteachais, èifeachdas ghoireasan, coileanadh àrainneachd agus seasmhachd. Tha seo a' co-thaobhadh ri prìomhachasan Riaghaltas na h-Alba airson cothromachadh-carboin, èifeachdas stòrasan agus bith-iomadachd.

Tha seo air a dhèanamh comasach an-dràsta tro bhith a' toirt taic do bhuidhnean gus fiosrachadh agus comhairle a sgaoileadh; trèanadh dreuchdail; coidseadh; bùthan-obrach; cùrsaichean; nòtaichean teicnigeach agus comhairle eile a libhrigeadh; pròiseactan taisbeanaidh agus tursan tuathanais, air an dealbhadh gus sgilean a leasachadh agus gus eòlas agus tuigse a sgaoileadh. Mar bhunait ris na h-amasan seo tha [Seirbheis Comhairleachaidh nan Tuathanas \(FAS\)](#); Maoin Tar-chur Eòlais agus Ùr-ghnàthachaidh (*Knowledge and Innovation Fund - KTIF*); agus Prògram Monatair nan Tuathanas (*Monitor Farm Programme - MFP*).

Tha FAS a' tabhann mòran deagh chomhairle agus taic air farsaingeachd de chuspairean, agus tha a' mhòr-chuid dhiubh an-asgaidh dhan neach-

cleachdaidh. Tha seo a' gabhail a-steach: tachartasan, cuideachadh air loidhne comhairle, notaichean teicnigeach, bhidiothan agus comhairle aon-ri-aon sònraichte am measg eile. A bharrachd air sin, tha e a' tabhann comhairle aon-ri-aon a dh'aona-ghnothach tro raon de sheirbheisean a' gabhail a-steach: planaichean riaghlaidh fearainn amalaichte, sgrùdaidhean carboin, comhairleachadh agus comhairle speisealta.

Tha dà phrìomh adhbhar aig KTIF:

- bidh e a' toirt taic ionmhais do Bhuidhnean Neo-riaghaltais gus trèanadh dreuchdail, leasachadh sgilean agus pròiseactan sgaoileadh eòlais a bhrosnachadh le fòcas air àiteachas/croitearachd. Tha seo air a libhrigeadh tro bhùthan-obrach, cùrsaichean trèanaidh, coidseadh, gnìomhan sgaoileadh fiosrachaidh agus tursan tuathanais; agus
- tha an sgeama a' maoinachadh phròiseactan ùr-ghnàthachaidh iomchaidh a tha air an dealbh gus taic a thoirt do phròiseactan a bheir a-steach dòighean-obrach ùr-ghnàthach a chuireas ri farpaiseachd; àrdachadh eag-shiostaman; adhartachadh èifeachdas stòrais; agus, gus gluasad gu eaconomaidh beag-charboin a tha seasamhach a thaobh na gnàth-shìde.

Tha am prògram Monitor Farm Scotland air a stiùireadh le tuathanaich, a' leigeil le buidhnean coimhearsnachd am prògram a stiùireadh agus tha e a' comasachadh a bhith a' cruthachadh prògraman tar-chur eòlas roinneil a dh'aona-ghnothach a chuidicheas le bhith a' togail tuathanachas agus coimhearsnachdan dùthchail tapaidh.

Mar fhreagairt dhan '[Ghluasad àiteachais: ciad cheumannan a dh' ionnsaigh poileasaidh nàiseanta: co-chomhairle](#)' bho chionn ghoirid, a chaidh fhoillseachadh san Lùnastal 2021, bha co-aontachd farsaing ann gu bheil àrdachadh sgilean deatamach gus na leasachaidhean a tha a dhìth taobh a-staigh roinn an àiteachais a thoirt gu buil agus gu bheil iomlaid eòlais na inneal cudromach airson taic a thoirt do leasachadh. Dhaingnich freagairtean co-chomhairle cuideachd gum faodadh dìth eòlais agus sgilean iomchaidh bacaidhean a chur air a bhith a' coileanadh Eadar-ghluasad Cothromach. Tha Bile ùr an Àiteachais agus na freagairtean agad do na mholaidhean gu h-ìosal a' toirt seachad cothrom dèanamh cinnteach gum bi Eadar-ghluasad Cothromach ann.

Fo Riaghailt (AE) Àir 1307/2013 feumaidh gach Ball-stàite den EU cùl-stòran nàiseanta a stèidheachadh agus faodaidh iad cùl-stòrasan roinneil a stèidheachadh. Feumaidh Ball-stàitean pàighidhean a riarachadh bho na cùl-stòrasan nàiseanta no roinneil aca ann an dòigh a nì cinnteach gun tèid dèiligeadh ri tuathanaich gu co-ionann agus gus fiaraidhean sa mhargaidh agus ann am farpais a sheachnadh.

Faodaidh Ball-stàitean na cùl-stòrasan nàiseanta no roinneil aca a chleachdadh gus pàighidhean a riarachadh, mar phrìomhachas, do thuathanaich òga is ùra a tha a' tòiseachadh air obair àiteachais. Tha cùl-stòran nàiseanta no roinneil a' toirt cothrom do Bhall-stàitean, am measg rudan eile, pàighidhean a riarachadh gus nach tèid fearann a thrèigsinn no gus dìoladh a thoirt do thuathanaich is stiùirichean-fearainn airson ana-cothroman sònraichte a tha romhpa.



## Moladh

Gus an [Lèirsinn](#) a libhrigeadh; “sònraich agus tog na sgilean a dh’fheumar airson tuathanachas ath-nuadhachail agus seasmhach, atharrachaidhean ann an cleachdadh fearainn agus freagarrachadh a rèir na gnàth-shìde a tha ag atharrachadh”; “brosnachadh dòighean-obrach gus co-obrachadh agus iomlaid eòlais a mheudachadh”; cothrom a thoirt do “bharrachd luchd-inntrigidh ùr is òg a dhol a-steach gu tuathanachas” agus “gnìomhachas eadar-mheasgte, soirbheachail a chruthachadh” tha sinn a’ moladh na leanas:

- I. Thathar a’ moladh gun lean Bile ùr an Àiteachais air a’ toirt seachad làn taic airson tar-chur eòlais, ùr-ghnàthachadh agus leasachadh sgilean taobh a-staigh nan roinnean àiteachais, croitearachd agus stiùireadh fearainn agus gun tèid dòighean taic san àm ri teachd a dhealbhadh ann an dòigh a bhios a rèir feumalachdan a tha a’ tighinn am bàrr agus a tha fhathast sùbailte/freagarrach airson cuideaman airson atharrachadh san àm ri teachd.
- II. Thathar a’ moladh bu chòir cumhachd a thoirt do Mhinistearan na h-Alba tron Bile Àiteachas ùr gus cùl-stòras nàiseanta agus cùl-stòran roinneil a stèidheachadh ma tha/nuair a tha feum air gus dèanamh cinnteach gun tèid dèiligeadh ri tuathanaich gu co-ionann agus gus claonadh margaidh agus claonadh farpais a sheachnadh?

## Ceistean

- a) A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir taic a leantainn san raon seo?
- Tha
  - Chan eil
  - Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

- b) A bheil beàrnan sònraichte ann an libhrigeadh a thèid agad air comharrachadh?
- Tha
  - Chan eil
  - Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

- c) A bheil dòighean eile ann a dh’fhaodadh builean nas fheàrr a thoirt seachad?
- Tha
  - Chan eil

Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

d) A bheil beachdan sam bith agad a thaobh mar a dh'fhaodar piseach a thoirt air conaltradh/com-pàirteachadh ann an seirbheisean comhairleachaidh, sgaoileadh eòlais no leasachadh sgilean?

Tha

Chan eil

Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

e) A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir cumhachd a bhith aig Ministearan na h-Alba gus cùl-stòras nàiseanta agus cùl-stòran roinneil a stèidheachadh ma tha/nuair a tha feum air gus dèanamh cinnteach gun tèid dèiligeadh ri tuathanaich gu co-ionann agus gus claonadh margaidh agus claonadh farpais a sheachnadh?

Tha

Chan eil

Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

## **D. Rianachd, Smachd, agus Follaiseachd Dàta Frèam Pàighidh**

### **Cùl-fhiosrachadh**

Fo CAP an AE, tha uallach air gach Ball-stàite airson smachd agus rianachd a' ChAP san dùthaich aca. Canar Siostam Rianachd is Smachd Amalaichte (*Integrated Administrative and Control System - IACS*) ris an t-siostam a tha a' riaghladh an uallaich seo.

Bidh IACSan a' dèanamh cinnteach gu bheil pàighidhean taic CAP aig Ball-stàitean an AE air an smachd, air an riaghladh agus air an co-òrdanachadh gus inbhean a dhìon air feadh an AE mar a dh'fheumar le tar-ghèilleadh.

Tha IACan ag amas air piseach a thoirt air èifeachdas le bhith a' ceangal siostaman stòr-dàta ri chèile airson nan adhbharan a leanas:

- a' comharrachadh a h-uile raon àiteachais ann an dùthchannan an AE;
- a bhith a' comharrachadh nan raointean àiteachais a tha ion-roghnach airson taic (an tagradh taic geospatial);

- stòr-dàta de bheathaichean ann an dùthchannan an AE far a bheil sgeamaichean taic bheathaichean an sàs; agus
- siostam a tha a' dèanamh cinnteach gu bheil tar-sgrùdaidhean siostamach air tagraidhean airson cuideachadh stèidhichte air sgrùdaidhean coimpiutair agus 'rannsachadh gun rabhadh'.

Fo Riaghailt 1306/2013 aig an AE agus Riaghailt 908/2014 aig a' Choimisean, feumaidh Ball-stàitean na RA agus an AE fiosrachadh mu luchd-faighinn pàighidhean CAP fhoillseachadh air aon làraich-lìn nàiseanta. Às dèidh dhan RA an AE fhàgail, tha e fhathast na rùn aig Riaghaltas na h-Alba gum bi làn fhollaiseachd ann a thaobh cleachdadh airgead poblach.

Tha riaghailtean glèidhte an AE 1307/2013 airson pàighidhean dìreach, 1305/2013 airson leasachadh dùthchail, agus 1306/2013 airson sgrùdadh ionmhais agus smachdan agus riaghailtean buileachaidh an AE uile air an cleachdadh ann an Alba às dèidh dhan RA an t-AE fhàgail gus ullachadh airson greis de sheasmhachd agus leantailachd agus gus leigeil le sgeamaichean dìleab CAP cumail orra ann an Alba.

Tha barrachd riaghailtean airson sgeamaichean dìleab CAP ann an Ionstramaidean Reachdail na h-Alba, agus chaidh sìmpleachadh agus leasachadh air na sgeamaichean a dhèanamh a' cleachdadh nan cumhachdan comasachaidh ann an Achd an Àiteachais (Lagh is Dàta Glèidhte an AE) (Alba) 2020. Ach tha earrann 5 den Achd sin a cur an cèill nach urrainnear riaghailtean sam bith a dhèanamh às dèidh 7 Cèitean 2026 a' cleachdadh nan cumhachdan comasachaidh sin.

Às dèidh dhan RA tarraing a-mach às an AE, tha Bile Àiteachais ùr a' toirt cothrom do dh'Alba siostam rianachd is smachd a chruthachadh a tha coltach ri IACS an AE agus aig an aon àm a tha a' nochdadh dealas Riaghaltas na h-Alba a thaobh follaiseachd ann an cleachdadh airgead poblach.

## **Molaidhean**

Gus an Lèirsinn a libhrigeadh agus gus dèanamh cinnteach gu bheil maoinachadh gus taic a thoirt do thuathanachas, croitearachd agus stiùireadh-fearainn air a sgaoileadh stèidhichte air deagh riaghladh ionmhais, prionnsapalan buidseit, follaiseachd agus neo-lethbhreith tha sinn a' moladh:

- I. Gum bi cumhachdan aig Ministearan na h-Alba gus buidseat bliadhnaile agus/no ioma-bhliadhnaile a shuidheachadh gus taic a thoirt dhan fhrèam taic a thathar a' moladh san àm ri teachd (air a mhìneachadh gu h-àrd) agus gus eadar-theachd a chomasachadh gus taic a thoirt do dhèanamh bìdh àrd-inbhe, lasachadh agus freagarrachadh gnàth-shìde, agus airson ath-nuadhachadh nàdair.
- II. Tha Ministearan na h-Alba a' gabhail cumhachd gus Siostam Rianachd is Smachd Amalaichte (IACS) a stèidheachadh anns a bheil na h-eileamaidean a leanas:
  - siostam aithneachaidh airson parsaillean àiteachais;
  - siostam tagraidh geo-spàsail agus, far a bheil sin iomchaidh, siostam tagraidh stèidhichte air beathaichean;

- siostam sgrùdaidh sgìreil;
- siostam airson comharrachadh agus clàradh nan dileabach.
- siostam smachd is peanas a' gabhail a-steach a bhith a' faighinn air ais phàighidhean far a bheil sin iomchaidh;
- siostam airson ion-roghnachd air pàighidhean a chomharrachadh agus a chlàradh; agus
- siostam airson comharrachadh agus clàradh bheathaichean.

Cuiridh am moladh seo ri èifeachdas agus sgrùdadh pàighidhean taic agus leigidh e le Ministearan na h-Alba IACS a bharrachd a chruthachadh gus piseach a thoirt air èifeachdas na taice.

- III. Gum bi an cumhachd aig Ministearan na h-Alba fiosrachadh a chruinneachadh airson adhbharan riaghlaidh, smachd agus sgrùdaidh agus measaidh, agus airson adhbharan staitistigeil, agus cha fhaod iad an dàta sin a làimhseachadh ann an dòigh nach eil co-chòrdail ris na h-adhbharan sin. Gus cothrom a thoirt gus tomhas agus aithris air prìomh chomharran coileanadh a chuidicheas gus phoileasaidh san àm ri teachd fhiosrachadh nas fheàrr.
- IV. Gabhaidh Ministearan na h-Alba an cumhachd gus barrantachadh neo-eisimeileach fhaighinn gu bheil a' coileanadh amasan. Tha seo gus dèanamh cinnteach gu bheil an taic a tha air a thoirt seachad taobh a-staigh raon nan cumhachan aontaichte.
- V. Gabhaidh Ministearan na h-Alba an cumhachd gus mion-fhiosrachadh fhoillseachadh mu luchd-faighinn a gheibh pàighidhean, a' gabhail a-steach a' mhodail pàighidh san àm ri teachd (air a mhìneachadh sa phàipear co-chomhairleachaidh) agus ìre a shuidheachadh far an tèid mion-fhiosrachadh pàighidh fhoillseachadh.
- VI. Tha feum air rèiteachaidhean teicnigeach air Achd an Àiteachais (Lagh is Dàta Glèidhte an AE) (Alba) 2020 gus na cumhachdan air a bheil earrann 5 a' toirt buaidh a leudachadh gus leigeil le Ministearan na h-Alba lagh glèidhte an AE atharrachadh airson sgeamaichean dileab CAP mar a dh'fheumar gus dèanamh cinnteach gun lean iad air adhart a bhith air an ruith agus air an riaghladh gu h-èifeachdach. gus an tig iad gu crìch agus cuideachd gus dèanamh cinnteach gu bheil sùbailteachd aig Ministearan na h-Alba gus dèiligeadh nas fheàrr ri suidheachaidhean làithreach, às dèidh fàgail an AE.

## Ceistean

- a) A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir cumhachd a bhith aig Ministearan na h-Alba gus stòr-dàta amalaichte a chruthachadh gus fiosrachadh a chruinneachadh a thaobh tagraidhean, dearbhaidhean agus gealltanasan a nithear le daoine a gheibh taic dhùthchail.
  - Tha
  - Chan eil
  - Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

b) A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir cumhachd a bhith aig Ministearan na h-Alba gus siostam a chruthachadh a bhios a' cruinneachadh agus a' co-roinn fiosrachaidh airson dleastanasan riaghlaidh, smachd, sgrùdaidh is measaidh a choileanadh agus airson adhbharan staitistigeil, le ùmhlachd do riatanasan Riaghailt Coitcheann an Dìon Dàta (GDPR) ?

- Tha
- Chan eil
- Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

c) A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir cumhachd a bhith aig Ministearan na h-Alba fiosrachadh a cho-roinn far a bheil leas poblach ann sin a dhèanamh, agus le ùmhlachd do ghèilleadh ri Riaghailt Coitcheann an Dìon Dàta GDPR.

- Tha
- Chan eil
- Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

d) A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir cumhachd a bhith aig Ministearan na h-Alba siostam a chruthachadh a bheir seachad dòigh-obrach a tha a rèir prionnsapalan Leabhar-làimhe Ionmhas Poblach na h-Alba (*Scottish Public Finance Manual* - SPFM) a nì cinnteach gu bheil a' làimhseachadh, ag aithris, agus a' faighinn air ais, far a bheil sin iomchaidh, airgead poblach, gu bheil feum air caomhnachas, èifeachdas, agus a bhith a' cur air adhart deagh chleachdadh agus ìrean àrda de bheusachd ?

- Tha
- Chan eil
- Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

e) A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir cumhachd a bhith aig Ministearan na h-Alba gus siostam a chruthachadh a chruthaicheas an

dàta a tha a dhith gus iarrtasan / tagraidhean a nì daoine airson taic dhùthchail a dhearbhadh?

- Tha
- Chan eil
- Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

f) A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir cumhachd a bhith aig Ministearan na h-Alba gus siostam a chruthachadh gus rannsachadh gun rabhadh a chur an comas gus dearbhadh a bharrachd a dhèanamh air tagraidhean a nì daoine airson taic dhùthchail?

- Tha
- Chan eil
- Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

g) A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir cumhachd a bhith aig Ministearan na h-Alba gus siostam a chruthachadh airson tar-ghèilleadh, cumhachan a stèidheachadh airson inbhean riatanach a thaobh àrainneachd sheasmhach, gnàth-shìde, Deagh Shuidheachadh Àiteachais is Àrainneachdail (*Good Agricultural and Environmental Condition - GAEC*), fearann, slàinte a' phobaill agus bheathaichean, slàinte lusain agus sochair bheathaichean, slàinte na h-ùir, glacadh carboin agus obair-ghlèidhidh?

- Tha
- Chan eil
- Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

h) A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir cumhachd a bhith aig Ministearan na h-Alba siostam a chruthachadh a bheir seachad dòigh gus taic a chumail ri libhrigeadh chleachdaidhean a tha a' co-thaobhadh ri bhith a' faighinn pàighidhean roghainneil, airson builean cuimsichte?

- Tha
- Chan eil
- Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt:

- i) A bheil thu den bheachd gum bu chòir cumhachd a bhith aig Ministearan na h-Alba builean a sgrùdadh agus a mheasadh gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' coileanadh an adhbhair aontaichte agus gus cuideachadh gus poileasaidh san àm ri teachd fhiosrachadh?
- Tha
  - Chan eil
  - Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

- j) A bheil thu a' creidsinn gum bu chòir cumhachd a bhith aig Ministearan na h-Alba barantachadh neo-eisimeileach fhaighinn gu bheil builean air an libhrigeadh gu h-ìomchaidh?
- Tha
  - Chan eil
  - Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

- k) A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir cumhachd a bhith aig Ministearan na h-Alba a bhith gus mion-fhiosrachadh fhoillseachadh mu luchd-faighinn a gheibh pàighidhean, a' gabhail a-steach a' mhodail pàighidh san àm ri teachd (air a mhineachadh gu h-àrd) agus ìre a shuidheachadh far an tèid mion-fhiosrachadh pàighidh fhoillseachadh?
- Tha
  - Chan eil
  - Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

- l) A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir fuasglaidhean teicnigeach a dhèanamh ri Achd Àiteachais is Lagh is Dàta Glèidhte an Aonaidh Eòrpaich (Alba) 2020 gus dèanamh cinnteach gu bheil na cumhachdan riatanach uile aig Ministearan na h-Alba gus an urrainn sgeamaichean dìleab CAP agus lagh ghlèidhte an AE leantainn, a bhith air a sgrùdadh agus air a riaghladh agus cuideachd gus dèanamh cinnteach gu bheil sùbailteachd aig Ministearan na h-Alba gus dèiligeadh nas fheàrr ri suidheachaidhean làithreach, às dèidh fàgail an AE?

- Tha
- Chan eil
- Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

## E. Ag Ath-nuadhachadh Gabhaltasan Àiteachais

### Cùl-fhiosrachadh

Tha àiteachas Albannach eadar-mheasgte agus tha teanntan aig beagan a bharrachd air 20% den talamh àiteachais. Feumaidh sinn dèanamh cinnteach gu bheil gabhaltasan àiteachais agus am frèam laghail aca a' toirt an aon cho-ionannachd chothroman do thuathanaich le gabhaltas, an dà chuid tèarainte agus geàrr-ùine, ri seòrsaichean àiteachais eile.

Tha 6,057 gabhaltasan àiteachais aig roinn gabhaltais àiteachais na h-Alba agus tha iad sin air an leigeil air màl do thuathanaich le diofar sheòrsan uachdarain bho uachdarain còmhnaidh traidiseanta, seòrsaichean seilbh eile a' gabhail a-steach urrasan, companaidhean earranta agus com-pàirtean far-thìreach.

Tha a' mhòr-chuid de gabhaltasan àiteachais nan gabhaltasan àiteachas tèarainte fo Achd 1991 le 3,821 gabhaltasan gu h-iomlan. Bidh an t-seòrsa gabhaltas seo air a thoirt air adhart tro na ginealachdan san aon teaghlach de thuathanaich gabhaltais. Tha an còrr de na gabhaltasan àiteachais mar a leanas:

- 368 Com-pàirteachas Earranta,
- 175 Gabhaltasan Ùine Chuibhrichte Ùr-nodha (MLDTn),
- 743 Gabhaltasan Ùine Chuibhrichte (LDTn) agus
- 1,258 Gabhaltasan Ùine Goirid Chuibhrichte (SLDTn).

Bidh gabhaltasan geàrr-ùine gu tric a' toirt cothrom do thuathanaich gabhaltais agus luchd-inntrigidh ùr a bhith ri àiteachas mura tèid aca air gabhaltas àiteachais tèarainte fhaighinn.

Tha an earrann a leanas a' mìneachadh an raoin de dh'atharrachaidhean a thathar a' moladh air reachdas tuathanachais gabhaltais a tha ag amas air an reachdas ùrachadh, cothroman is cothromachd àrdachadh a bheir cothrom do thuathanaich màil pàirt a ghabhail ann a bhith a' toirt Lèirsinn Riaghaltas na h-Alba gu buil. A' toirt cothrom do thuathanaich teanaint prìomh àite a bhith aca ann a bhith a' cur aghaidh an dà chuid air èiginn na gnàth-shìde agus call na bith-iomadachd.

### Co-theacsa nam molaidhean

Gus an [Lèirsinn](#) a libhrigeadh; gus dèanamh cinnteach gun lean sinn air adhart ag ùrachadh tuathanachas gabhaltais – prìomh phàirt den eaconamaidh dhùthchail



agus, airson cuid de thuathanaich agus luchd-inntrigidh ùr, an t-aon slighe a-steach”; agus gus “dèanamh cinnteach gu bheil an t-aon chothrom aig tuathanaich gabhaltais agus luchd-seilbh beag air ceuman a thaobh atharrachadh gnàth-shìde agus lasachadh na gnàth-shìde” tha sinn a’ moladh nan ceumannan a leanas.

## Aonta ri iomadachadh

### Cùl-fhiosrachadh

An-dràsta feumaidh tuathanach teanaint aonta fhaighinn bhon uachdaran aca mus dèan iad gnìomhachd eug-samhalachadh air an fhearann àiteachais aca. Is e gnìomhachd eugsamhail rudeigin nach eil air a liostadh mar rud a tha ceadachd air an lios; faodaidh seo a bhith a’ gabhail a-steach gnìomhan àiteachais neo-thraidiseanta leithid a bhith a’ cur chraobhan no turasachd-àiteachas. Mar thoradh air sin, dh’fhaodte gum bi bacadh air tuathanach gabhaltais bho bhith comasach air rudan a dhèanamh a bheir taic do bhith-iomadachd no a bheir comas dhaibh buaidh atharrachadh na gnàth-shìde a lasachadh no a fhreagarrachadh, no an gnìomhachas aca a dhèanamh nas seasmaiche. Aig an àm seo, chan eil dòigh laghail aig Riaghaltas na h-Alba gus liosta nan iomadachaidhean ceadachd atharrachadh.

### Moladh

- I. Gus dèiligeadh ri seo, tha sinn a’ moladh gum bu chòir cumhachd a bhith aig Ministearan na h-Alba a bhith a’ co-dhùnadh dè a th’ ann an eug-samhlachadh iomchaidh. Cuidichidh seo cuideachd tuathanaich gabhaltais gus aghaidh a chur air bith-iomadachd nàiseanta, lasachadh atharrachadh agus freagarrachadh na gnàth-thìde.

### Ceistean

- a) A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir cumhachd a bhith aig Ministearan na h-Alba a bhith a’ co-dhùnadh dè seòrsa eug-samhlachadh a tha iomchaidh?

- Tha  
 Chan eil  
 Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

- b) A bheil thu a’ smaoinichadh ma thèid an cumhachd seo a thoirt do Mhinistearan na h-Alba gum bu chòir gum biodh comas aig Coimiseanair Tuathanachas Màl stiùireadh a chur a-mach gus tuathanaich agus uachdarain a chuideachadh gus seo a thuigsinn.

- Tha  
 Chan eil  
 Chan eil fhios agam

A bheil beachd sam bith agad:

## Waygo agus Clàr 5 de dh'Achd Fearann Àiteachais (Alba) 1991

### Cùl-fhiosrachadh

Nuair a thig gabhantas àiteachais gu crìch, bidh tuathanach gabhaltais a' dol tro 'waygo' - e seo am pròiseas airson an gabhantas aca a thoirt gu crìch. Sa phròiseas waygo, thèid feart a thoirt air luach nan leasachaidhean a rinn tuathanach air an fhearann aca agus pàighidh an t-uachdaran suim aontaichte dhan teanant. Is e seo cuideachd an t-àm nuair a phàigheas teanant airgead-diolaidh sam bith a tha ri phàigheadh dhan uachdaran.

Nuair a bhios uachdaran agus tuathanach gabhaltais a' beachdachadh air an airgead-diolaidh a tha ri phàigheadh le gin dhiubh, tha grunn phrionnsapalan coitcheann air an toirt fa-near nuair a thathar a' beachdachadh air a' phàigheadh. An am fear de na prionnsapalan sin tha liosta de leasachaidhean àiteachais a rinn an tuathanach gabhaltais. Tha iad sin air am mìneachadh ann an reachdas le Pàipear-taice 5 de dh'Achd nan Gabhaltasan Àiteachais (Alba) 1991.

Feumaidh Clàr 5 de dh'Achd nan Gabhaltasan Àiteachais (Alba) 1991 a bhith air ùrachadh agus chan eil e a' gabhail a-steach a h-uile leasachadh àiteachais agus uidheamachd stèidhichte a tha a dhìth gus leigeil le tuathanaich màil a bhith comasach air taic a thoirt do bhith-iomadachd agus ceuman a ghabhail gus atharrachadh gnàth-shìde a lasachadh no airson freagarrachadh ris.

Gus an aon ìre de cho-ionannachd chothroman a thoirt do thuathanaich gabhaltais 's a th' aig tuathanaich eile, tha Riaghaltas na h-Alba airson raon de cheuman lasachaidh agus freagarrachadh ri atharrachadh gnàth-shìde a chur ri Clàr 5, còmhla ri cumhachd comasachaidh gus a bhith comasach air Clàr 5 ath-sgrùdadh san àm ri teachd gus am faod tuathanaich gabhaltais na h-aon ghnìomhan a dhèanamh ri tuathanaich-seilbhe agus croitearan.

Aig an àm seo, chan eil clàr-ama reachdail san reachdas a thaobh waygo dhan uachdaran is dhan teanant. Airson cuid de thuathanaich gabhail tha seo a' ciallachadh uaireannan gun tèid iomadh bliadhna seachad mus faigh iad airgead sam bith a tha ri phàigheadh dhaibh bhon uachdaran aca. Mar thoradh air seo, dh'fhaodte nach bi e comasach dhan teanant àite-fuirich ùr fhaighinn, no gluasad air adhart chun na h-ath ìre den bheatha aca.

Faodaidh cuid de thuathanaich gabhaltais le gabhantas àiteachais tèarainte roghnachadh dòigh-obrach eile a chleachdadh airson waygo le bhith a' dol tron phròiseas 'leigeil seachad agus sònrachaidh' ann am Pàirt 3A de dh'Achd 1991 ach cha do roghnaich a h-uile tuathanach gabhaltais le gabhantas àiteachais tèarainte an t-slighe seo a chleachdadh.

Chan eil comas aig tuathanaich màil ann an gabhaltasan àiteachais a tha cuibhrichte a thaobh ùine (MDLT agus LDT) am pròiseas leigeil seachad is sònrachaidh a chleachdadh, agus a dhol tro waygo gus an gabhantas aca a thoirt gu crìch.

## Molaidhean

- I. Gus am bi cùisean cothromach, agus gus an t-aon chothrom a thoirt do thuathanaich màil airson an àm ri teachd còmhla ris a' chòrr de dh'Àiteachas na h-Alba gus am pàirt a ghabhail ann a bhith a' toirt taic do bhith-iomadachd agus ceumannan lasachaidh is freagarrachaidh a ghabhail os làimh, tha Riaghaltas na h-Alba a' moladh Clàr 5 de dh'Achd nan Gabhaltasan Àiteachais (Alba) 1991 atharrachadh gus an gabh raon nas fharsainge de ghnìomhachd a bhith air a ghabhail a-steach ann an Earrann 5 mar nithean air am feumar beachdachadh nuair a thathar ag obrachadh a-mach waygo.
- II. Gus cothrom a thoirt do thuathanaich gabhaltais an gabhaltas àiteachais a thoirt gu crìch le bhith a' cleachdadh pròiseas laghail waygo agus gluasad air adhart chun na h-ath ìre de am beatha ann an dòigh chothromach, tha Riaghaltas na h-Alba a' moladh raon-ama stèidhichte a thoirt a-steach gus am pròiseas waygo a thoirt gu crìch.

## Ceistean

- a) A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir Ministearan na h-Alba gnìomhan agus nithean ùra a chur ri Clàr 5 de dh'Achd nan Gabhaltasan Àiteachais (Alba) 1991; gus leigeil le tuathanaich teanaint taic a chumail ri bith-iomadachd agus gnìomhachd lasachaidh agus freagarrachadh gnàth-thìde a dhèanamh air na tuathanasan teanaint aca?
- Tha
  - Chan eil
  - Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

- b) A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir cumhachd a bhith aig Ministearan na h-Alba gus Clàr 5 de dh'Achd nan Gabhaltasan Àiteachais (1991) atharrachadh le fo-reachdas gus comas a chruthachadh gus Clàr 5 atharrachadh gus coinneachadh ris na dùbhlain a tha romhainn?
- Tha
  - Chan eil
  - Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

- c) Mura h-eil thu ag aontachadh gum bu chòir comas a bhith aig Ministearan na h-Alba na gnìomhan agus na nithean co-cheangailte ris a tha air an liostadh ann am Pàipear-taice 5 de dh'Achd nan Gabhaltasan Àiteachais (Alba) 1991 atharrachadh, minich carson, a' gabhail a-steach molaidh sam bith eile a th' agad a thaobh dòigh-obrach eile gus dèiligeadh ris a' chùis seo.

Thoir dhuinn adhbharan agus molaidhean eile.

- d) Nuair a thig gabhaltas àiteachais gu crìch, a bheil thu ag aontachadh gum bu chòir cinnt a bhith aig tuathanach gabhaltais mun chlàr-ama airson a bhith a' faighinn airgead sam bith a tha ri phàigheadh dhaibh, agus gum bu chòir an aon chinnt a bhith aig an uachdaran aca cuideachd?
- Tha
  - Chan eil
  - Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

## **Atharrachadh air riaghailtean deagh tuathanachas bheathaichean agus deagh stiùireadh oighreachd**

### **Cùl-fhiosrachadh**

Chaidh riaghailtean deagh àiteachas agus deagh riaghladh oighreachd a' buntainn ri tuathanaich gabhaltais agus an cuid uachdarain a mhìneachadh ann an Achd nan Gabhaltasan Àiteachais (Alba) 1948, agus cha deach an atharrachadh bhon uair sin. Ged a tha cuid de thuathanaich gabhaltais agus na uachdarain aca air aonta-màil fa leth atharrachadh gus an urrainn dhaibh gnìomhan a dhèanamh nach eil air a' tighinn fon reachdas seo, tha sinn airson dèanamh cinnteach gun urrainn dhan chòrr aca sin a dhèanamh cuideachd.

### **Moladh**

- I. Tha sinn a' moladh riaghailtean deagh àiteachas agus deagh riaghladh oighreachd atharrachadh gus leigeil le tuathanaich gabhaltais agus an uachdarain raon nas fharsainge de ghnìomhachd a dhèanamh air an fhearann, gus an urrainn dhaibh coinneachadh ri dùbhlain cruinneil san àm ri teachd leithid dèanamh biadh, bith-iomadachd, agus èiginn atharrachadh na gnàth-shìde.

### **Ceist**

- a) A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir dha a bhith comasach do Mhinistearan na h-Alba atharrachadh a dhèanamh air na riaghailtean mu

dheagh thuathanachas bheathaichean agus deagh stiùireadh oighreachd a tha air am mìneachadh ann an Achd nan Gabhaltasan Àiteachais (Alba) 1948 gus leigeil le tuathanaich gabhaltais agus an cuid uachdarain aghaidh a chur air dùbhlain cruinneil san àm ri teachd?

- Tha
- Chan eil
- Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

## Ath-sgrùdaidhean màil

### Cùl-fhiosrachadh

Mar a chaidh a mhìneachadh ann an gealltanais [a' Phrògram Riaghlaidh](#) nì sinn reachdas airson “dòigh-obrach ath-sgrùdaichte a thaobh ath-sgrùdaidhean màil”.

Aig an àm seo, tha màil airson gabhaltasan àiteachais air a shuidheachadh tro Earrann 13 de dh'Achd Fearann Àiteachais (Alba) 1991 agus Earrann 9 de Achd Fearann Àiteachais (Alba) 2003. Tha Achd 1991 a' cur an gnìomh frèam ath-bhreithneachaidh màil stèidhichte air a' choincheap 'màl margaidh fhosgailte'. Mhol Achd Ath-leasachadh an Fhearainn (Alba) 2016 ('Achd 2016') atharraichean air Achd 1991 gus dòigh eile a chur air adhart gus màl obrachadh a-mach.

Bha Achd 1991 a' cuimseachadh air 'màl margaidh fhosgailte' nach gabh a choileanadh tuilleadh leis nach eil 'margaidh fhosgailte' ann airson gabhaltasan tèarainte. Cheangail Achd 2016 am màl ri comas eaconamach an tacain ach dh'fhaodadh seo àireamhachadh a' mhàil a chur air fhiaradh

Ann an com-pàirteachas, tha oifigearan Riaghaltas na h-Alba agus Fòram Comhairleachaidh Tuathanachas Gabhaltais air obrachadh tro na dòighean sin airson màl a thomhas agus tha iad den bheachd gu bheil feum air pròiseas measgaichte, a chuireas sùbailteachd agus co-rèiteachadh an comas, gus coinneachadh ri dùbhlain cruinneil san àm ri teachd.

Tha am moladh againn ag amas air a' phròiseas ath-bhreithneachaidh màil ùrachadh le bhith a' cleachdadh dòigh-obrach mheasgaichte de dh'fhactaran òrdaichte agus neo-òrdaichte. Thathas an dòchas gun toir seo bunait do phàrtaidhean gus màl cothromach a cho-rèiteachadh agus gun ceadaich seo sùbailteachd anns na feartan air an tèid beachdachadh ann a bhith a' suidheachadh a' mhàil.

Bidh atharrachaidhean a nithear air àireamhachadh ath-bhreithneachaidh a' mhàil rim faicinn anns an dòigh ath-sgrùdaichte a thaobh àireamhachadh màil airson gabhaltasan càraidh.

## Moladh

- I. Tha sinn a' moladh na h-ullachaidhean màil ann an Achd Ath-leasachadh an Fhearainn (Alba) 2016 ath-ghairm agus àireamhachadh màil ùr a thoirt a-steach, a bhios na dhòigh eile air ath-sgrùdaidhean màil. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' cothromachadh nan 3 prìomh eileamaidean agus factaran a tha sònraichte dhan liosa:

- Màl coimeasach airson teanantachdan tèarainte no fad-ùine;
- Measadh a dhèanamh air comas cosnaidh tro bhuidseat tuathanais; agus
- Beachdachadh air sealladh eaconamach airson nan 3 bliadhna ri teachd.

## Ceistean

- a) A bheil thu ag aontachadh gu bheil feum air sùbailteachd agus barganachadh ann an àireamhachadh màil gus aghaidh a thoirt air dùbhlain cruinneil san am ri teachd? Mìnich carson.
- Tha
  - Chan eil
  - Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

- b) A bheil ceist bhuntainneach sam bith eile air am bu chòir beachdachadh mar phàirt de dh'ath-sgrùdadh màil? Mìnich carson, a' cur a-steach eisimpleirean practaigeach sam bith a th' agad.
- Tha
  - Chan eil
  - Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

## Toirt-air-ais

### Cùl-fhiosrachadh

Nuair a bheir uachdaran seachad fios crìochnachaidh an aonta-màil air ghabhailt as àiteachais gu lèir no air pàirt dheth air sgàth ath-leasachaidh (pròiseas ris an canar toirt-air-ais leis an uachdaran), tha còir aig neach-gabhail frith-fios a thoirt seachad agus a' chùis a chur air adhart gu Cùirt Fearann na h-Alba. Mas e is gun tig am fios fhàgail gu buil agus gun cuir e crìoch air aonta-màil na taca gu lèir no pàirt dhith, tha alt 42 de Achd 1991 a' dèanamh ullachadh airson airgead-dìolaidh a phàigheadh

dhan neach-gabhail airson buaireadh. Tha seo air a thomhas a rèir màl bliadhna, le comas air seo àrdachadh gus call sònraichte a nochdadh ma thèid tagraidhean iomchaidh a dhèanamh ris an uachdaran.

Anns a' Phrògram Riaghlaidh againn, dh'aontaich sinn beachdachadh air mar a bu chòir an luachadh airson toirt-air-ais a mheasadh.

Tha am pròiseas luachaidh làithreach a' toirt dìoladh dhan neach-gabhail airson nan cosgaisean co-cheangailte ri bhith gan cur bhon fhearann agus chan eil cothrom ann airson leasachadh co-cheangailte ri cleachdadh fearainn leis an uachdaran san àm ri teachd. Tha seo eadar-dhealaichte ris an t-suidheachadh far a bheil neach-gabhail a' feuchainn ris na còraichean aca a thaobh leigeil seachad agus sònrachadh an aonta-màil a chleachdadh, far a bheil còir aig neach-gabhail air pàigheadh dìolaidh. Anns an t-suidheachadh seo tha luach an fhearainn air a ghabhail a-steach nuair a thèid a mheasadh le neach-luachaidh; agus tha ullachaidhean ann an Achd 2003 a' leigeil le uachdaran agus neach-gabhail reic aontachadh le tac falamh (i.e. crìoch air an aonta-màil ri reic) mar iomlaid airson pàigheadh air a thomhas a rèir foirmle stèidhichte air luach reic an fhearainn.

Tha sinn den bheachd gu bheil an t-àm ann ath-sgrùdadh a dhèanamh a bheil na h-ullachaidhean co-cheangailte ri airgead-dìolaidh airson buaireadh cothromach an coimeas ris na h-ullachaidhean dìolaidh far a bheil aonta-màil air a thoirt gu crìch air adhbhar eile.

## Moladh

- I. Gus beachdachadh am bu chòir na h-ullachaidhean co-cheangailte ri airgead-dìolaidh airson buaireadh atharrachadh gus am bi seo a rèir foirmle luachaidh eile airson airgead-dìolaidh.

## Ceist

- a) A bheil thu den bheachd gum bu chòir do Mhinistearan na h-Alba na h-ullachaidhean a thaobh airgead-dìolaidh airson buaireadh nuair a thèid talamh a thoirt air ais leis an uachdaran atharrachadh gus foirmle luachaidh ùr a chur ann? Agus ma dh'aontaicheas tu ris a' mholadh seo, dè an dòigh luachaidh iomchaidh a bhiodh ann nad bheachd?  
 Tha  
 Chan eil  
 Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

## F. Tuarastal Àiteachais na h-Alba (Obair Chothromach)

### Cùl-fhiosrachadh

Tha Ministearan na h-Alba airson dèanamh cinnteach gu bheil cumhachan Fìor Thuarastal Bith-beò (rLW) agus [Obair Chothromach an-toiseach](#) (FWF) air an cur an sàs airson luchd-obrach thar gach roinn den chomann-shòisealta, a' gabhail a-steach Àiteachas, a' dèanamh cinnteach gum bi cleachdaidhean Obair Chothromach àbhaisteach ann an àiteachan obrach na h-Alba agus ann a bhith a' dèanamh sin, thathar a' cumail taic ris an lèirsinn airson Alba a bhith na Nàisean Obair Chothromach ro 2025.

Tha am bun-ìre tuarastail airson Luchd-obrach Àiteachais na h-Alba stèidhichte air ìre Tuarastal Bith-beò Nàiseanta Riaghaltas na RA aig an àm seo. Tha gealltanais ann am Prògram Riaghlaidh Riaghaltas na h-Alba (PfG) gus beachdachadh air roghainnean gus dèanamh cinnteach gum faigh luchd-obrach àiteachais am Fìor Thuarastal Bith-beò agus tha Aonta Taigh Bhòid a' gabhail a-steach gealltanais gun dèanar cinnteach gun tèid cumhachan Obair Chothromach an-toiseach (FWF) a chur an sàs ann am maoinachadh agus cùmhnantan bhon roinn phoblaich, le ùmhlachd do chrìochan air comasan tiomnaichte. Tha cumhachan Obair Chothromach an Toiseach a' gabhail a-steach a bhith a' pàigheadh an fhìor Thuarastal Beò (rLW).

### ***Ìrean Tuarastail Làithreach mar a bha iad air 1 Ògmhios 2022***

<b>Fìor-thuarastal Bith-beò na h-Alba 23+</b>	£9.50
Rèat airson daoine a tha 21-22 bliadhna a dh'aois	£9.18
	£6.83
Rèat airson daoine a tha 8-20 bliadhna a dh'aois	£4.81
	£4.81
Rèat airson daoine a tha 16-17 bliadhna a dh'aois	
Rèat preantais	
<b>Tuarastal Àiteachais na h-Alba</b>	£9.50
<b>Fìor Thuarastal Bith-beò 18+</b>	£9.90

### Co-theacsa a' Mholaidh

Tha gealltanais ann am [Manifesto an SNP airson 2021](#) "a bhith ag obair le Bòrd Tuarastail Àiteachais na h-Alba gus dèanamh cinnteach gu bheil daoine a tha ag obair sa ghnìomhachas a' faighinn co-dhiù tuarastal bith-beò na h-Alba" (rLW). Tha Bòrd Tuarastail Àiteachais na h-Alba ("am Bòrd") na Bhuidheann Poblach Gnìomhach Neo-roinneil a chaidh a stèidheachadh fo Achd Tuarastail Àiteachais (Alba) 1949. 'S e dleastanas a' Bhùird bun-ìrean tuarastail, còraichean saor-làithean agus teirmean is cumhaichean seirbheis eile a shuidheachadh airson luchd-obrach ann an àiteachas ann an Alba.

### Moladh

- I. Tha sinn a' moladh gun dèan sinn cinnteach gum tèid cumhaichean Obair Chothromach, a' gabhail a-steach an fhìor Thuarastal Bith-beò, a chur air an sàs airson an luchd-obrach air fad ann an àiteachais na h-Alba.



## Ceistean

- a) A bheil thu ag aontachadh gum bu chòir cumhaichean Obair Chothromach, a' gabhail a-steach an fhìor Thuarastal Bith-beò, a bhith air a chur an sàs airson an luchd-obrach air fad ann an àiteachas na h-Alba?
- Tha
  - Chan eil
  - Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

- b) Nad bheachd-sa, dè a' bhuidh a bhiodh ann air gnìomhachasan fa-leth agus air roinn an Àiteachais san fharsaingeachd, nam biodh an tuarastal as ìsle airson luchd-obrach àiteachais gu bhith a' co-thaobhadh ris an fhìor Thuarastal Bith-beò?
- Tha
  - Chan eil
  - Chan eil fhios agam

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

### Caibideil 4: A' measadh na buaidh

Tha e cudromach gum faigh sinn tuigsinn nas mionaidiche air a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig na roghainnean a tha air am mìneachadh sa phàipear co-chomhairleachaidh seo air Bile ùr an Àiteachais.

Tro àm a' cho-chomhairleachaidh tha sinn an dùil fios a chur gu luchd-ùidh gus beachdachadh air na buaidhean, math is dona, a dh' fhaodadh a bhith aig na molaidhean againn agus air moladh a dh'fhaodadh daoine eile a chur air adhart.

Cleachd na ceistean seo gus do bheachdan a thoirt dhuinn air na cùisean sin.

- a) A bheil thu mothachail air cosgaisean is uallaichean sam bith a dh'fhaodadh èirigh mar thoradh air na molaidhean sa cho-chomhairle seo?

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt:

- b) A bheil thu mothachail air buaidh sam bith, math no dona a dh'fhaodadh tighinn bho na molaidhean sa cho-chomhairle seo air an àrainneachd?

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt

- c) A bheil thu mothachail air eisimpleir sam bith de bhuidhean sònraichte an-dràsta no san àm ri teachd, math no dona, air daoine òga, a thaobh taobh sam bith de na molaidhean sa cho-chomhairle seo? An gabhadh leasachaidh sam bith a dhèanamh?

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

- d) A bheil thu mothachail air buaidh sam bith, math no dona, a thig bho na molaidhean sa cho-chomhairle seo air dìon dàta no prìobhaideachd?

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

- e) A bheil thu mothachail air eisimpleir sam bith air mar a dh'fhaodadh na molaidhean sa cho-chomhairle seo buaidh a thoirt, math no dona, air an fheadhainn le feartan dìonta (aois, ciorram, ath-shònrachadh gnè, pòsadh agus com-pàirteachas catharra, torrachas is màthaireachd, cinneadh, creideamh no feallsanachd, gnè bhith-eòlasach agus taobhadh feise)?

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

- f) A bheil thu mothachail air eisimpleir sam bith air mar a dh'fhaodadh na molaidhean sa cho-chomhairle seo buaidh shònraichte a thoirt, math no dona, air buidhnean no sgìrean a tha fo anacothrom sòisio-eaconamach? Dh'fhaodadh iad seo a' gabhail a-steach teaghlaichean le teachd a-steach ìosal no glè bheag de stòrasan; teaghlaichean a tha a' strì gus cumail a' dol gu h-eaconamach; daoine a dh'fhuiling bochdainn fhad 's a bha iad a' fàs suas; no sgìrean le glè bheag de ghoireasan no chothroman an coimeas ri sgìrean eile.

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt:

- g) A bheil sibh mothachail air eisimpleir sam bith air mar a dh'fhaodadh na molaidhean sa cho-chomhairle seo buaidh a thoirt, gu fàbharach no gu neo-fhàbharach, air coimhearsnachdan eileanach ann an dòigh a tha eadar-dhealaichte bhon bhuidh air tìr-mòr?

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt:

## Leas-phàipear A

Eisimpleirean de phrionnsabalan a tha a' co-thaobhadh ri amasan CAP an AE san fharsaingeachd.

Cumhachdan a tha air am moladh dhan Bhile Àiteachais	10 Amasan aig CAP an AE (2022-27).
Cumhachdan agus dòighean eile gus pàighidhean a cheadachadh do thuathanaich, chroitèaran agus stiùirichean-fearainn san àm ri teachd gus taic a chumail ri libhrigeadh amasan nàiseanta airson lasachadh atharrachadh na gnàth-shìde.	Gnìomhan air atharrachadh na gnàth-shìde
Builean cuimsichte airson bith-iomadachd gus nàdar soirbheachail, ath-leumach a chruthachadh tro phàighidhean dìreach le cumhachan agus tro pàighidhean leasaichte.	Cùram àrainneachdail
Cumhachdan gus bith-iomadachd a ghleidheadh gus nàdar soirbheachail, ath-leumach a chruthachadh tro phàighidhean dìreach le cumhachan agus tro phàighidhean	Glèidh cruthan-tìre agus bith-iomadachd.
Cumhachdan gus 'Tèarmann Nàiseanta' a chruthachadh.	Cùm taic ri ath-nuadhachadh ginealachail.
Ullachadh gus taic a thoirt do stiùirichean-fearainn agus coimhearsnachdan a tha a' dèanamh agus a' toirt taic do riaghladh fearainn nach eil cuingealaichte ri àiteachas	Sgìrean dùthchail beòthail.
Cumhachdan gus pàighidhean le cumhachan a chomasachadh a rèir riatanasan co-cheangailte ri 'dòigh-obrach tuathanas iomlan'.	Cuir ri farpaiseachd.
Cumhachdan gus pàighidhean a dhèanamh a chuidicheas le bhith a' libhrigeadh dèanamh biadh agus, far a bheil sin iomchaidh, tabhartasan a thoirt seachad gus taic a thoirt dhan roinn biadh-àiteachais agus do bhuidhnean co-cheangailte ri roinn a' bhiadh-àiteachais.	Dion càileachd bìdh is slàinte.

<p>Taic airson sgaoileadh eòlas, ùr-ghnàthachadh agus leasachadh sgilean.</p>	<p>A' brosnachadh eòlas agus tionnsgalachd.</p>
<p>Taic do thuathanachas gnìomhach agus dèanamh bìdh le pàighidhean dìreach.</p>	<p>A' dèanamh cinnteach gu bheil teachd a-steach cothromach aig tuathanaich.</p>
<p>A' toirt taic dhan ghealltanais againn a bhith nar Nàisean Deagh Bhiadh le bhith a' cumail taic ri ro-innleachd bìdh ionadail agus a' brosnachadh sèineachan-solarachaidh bìdh ionadail làidir.</p>	<p>Thoirte piseach air suidheachadh nan tuathanach anns an t-sreath bìdh.</p>

## Leas-phàipear B

### Mar a nithear freagairt

Tha sinn a' sireadh beachdan dhan cho-chomhairle seo le ceann-latha mu dheireadh de 21 Samhain 2022.

Bu mhath leinn ur beachdan a chluinntinn air na molaidhean àrd-ìre a tha sinn air a shuidheachadh airson Bile ùr an Àiteachais. Tha am pàipear seo a' coimhead air raon farsaing de chùisean iom-fhillte tar-gheàrrach agus tha tòrr ri beachdachadh air.

Cuir do beachdan a-steach dhan cho-chomhairle seo a' cleachdadh hub co-chomhairleachaidh Riaghaltas na h-Alba, [Scottish Government - Citizen Space \(consult.gov.scot\)](https://consult.gov.scot). Gheibhear a' cho-chomhairle agus faodar a freagairt air-loidhne aig <https://consult.gov.scot/agriculture-and-rural-economy/proposals-for-a-new-agriculture-bill>. Faodaidh tu an fhreagairt a shàbhaladh is tilleadh thuice fhad 's a tha a' cho-chomhairle fosgailte. Dèan cinnteach gun tèid freagairtean na co-chomhairle a chur a-steach ron cheann-latha mu dheireadh, 21 Samhain 2022.

Mur a tèid agad air freagairt a chur a-steach a' cleachdadh Citizen Space, cuir do fhreagairt, a' gabhail a-steach am Foirm Fiosrachaidh Luchd-freagairt, gu:

Tro phost-d [FutureAgricultureBill@gov.scot](mailto:FutureAgricultureBill@gov.scot)

Tron phost:

Co-chomhairle air Bile an Àiteachais  
Leasachadh Poileasaidh Taic Àiteachais  
Area D Spur  
Taigh Saughton  
Dràibh Broomhouse  
Dùn Èideann  
EH11 3XD

### A' làimhseachadh do fhreagairt

Ma fhreagras tu le Citizen Space, thèid do stiùireadh dhan duilleig *Mu do Dhèidhinn* mus cuir thu do fhreagairt a-steach. Innis dhuinn mar bu chòir dhuinn dèiligeadh ris an fhreagairt agad, agus gu sònraichte a bheil thu toilichte gun tèid an fhreagairt agad fhoillseachadh. Ma dh'iarras tu nach tèid do fhreagairt fhoillseachadh, bidh sinn ga meas dìomhair agus a' dèiligeadh rithe mar sin.

Bu chòir a h-uile neach-freagairt a bhith mothachail gu bheil Riaghaltas na h-Alba a' tighinn fo ullachaidhean Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002 agus mar sin, gum biodh aige ri beachdachadh air iarrtas sam bith a rinneadh dha fon Achd co-cheangailte ri freagairtean dhan cho-chomhairle seo. Gus faighinn a-mach mar a làimhsicheas sinn an dàta pearsanta againn, faic am poileasaidh prìobhaideachd againn: [www.gov.scot/privacy/](http://www.gov.scot/privacy/).

## Na h-ath-cheumannan sa phròiseas

Far a bheil luchd-freagairt air cead a thoirt gun tèid an fhreagairt aca fhoillseachadh, agus an dèidh dhuinn dearbhadh nach eil stuth cliù-mhillteach annta, bidh freagairtean rim faighinn gu poblach air <http://consult.gov.scot>. Ma chleachdas tu Citizen Space gus freagairt, gheibh thu lethbhreac den fhreagairt agad tro phost-d.

Às dèidh a' chinn-latha mu dheireadh airson freagairtean, thèid anailis a dhèanamh air gach freagairt agus thèid beachdachadh air cho math ri fianais sam bith eile a tha ri fhaighinn gus ar cuideachadh. Thèid freagairtean fhoillseachadh far an deach cead a thoirt dhuinn sin a dhèanamh. Bidh aithisg anailis ri faighinn cuideachd.

## Beachdan agus gearanan

Ma tha beachd sam bith agad mu mar a chaidh a' cho-chomhairle seo a dhèanamh, cuir iad dhan t-seòladh conaltraidh gu h-àrd no gu [FutureAgricultureBill@gov.scot](mailto:FutureAgricultureBill@gov.scot)

## Pròiseas Co-chomhairleachaidh Riaghaltas na h-Alba

Tha co-chomhairle na pàirt bhunaiteach den phròiseas gus poileasaidh a dhèanamh. Bheir e cothrom dhuinn beachdachadh air na beachdan agus sgilean agad air raon obrach a tha air a mholadh.

Gheibhear na co-chomhairlean uile againn air-loidhne aig: <http://consult.gov.scot>. Tha gach co-chomhairle a' mìneachadh nan cuspairean air a bheilear a' beachdachadh, cho math ri dòighean gus do bheachdan a thoirt dhuinn, air-loidhne, tro phost-d no tron phost.

Thèid mion-sgrùdadh a dhèanamh air na freagairtean mar phàirt den phròiseas poileasaidh, cho math ri farsaingeachd eile de dh'fhiosrachadh is de dh'fianais. Foillsichidh sinn aithisg den anailis seo airson gach co-chomhairle. A rèir nàdair na co-chomhairle, dh'fhaodte gum bi na freagairtean:

- a' sealltainn gu bheil feum air leasachadh no ath-sgrùdadh poileasaidh
- a' fiosrachadh cruthachadh poileasaidh sònraichte
- a' cuideachadh gus co-dhùnadh a dhèanamh eadar diofar mholaidhean poileasaidh
- air an cleachdadh gus crìoch a chur air reachdas mus tèid a chur an sàs

Ged a dh'fhaodadh fiosrachadh mu shuidheachadh sònraichte a chaidh a mhìneachadh ann am freagairt do cho-chomhairleachadh am pròiseas poileasaidh fiosrachadh, chan urrainn do dh'eacarsaichean co-chomhairleachaidh dèiligeadh ri draghan agus beachdan aig daoine fa leth, a bu chòir a bhith air an cur chun na buidhne poblaich iomchaidh.



## Foirm fiosrachaidh mun neach-freagairt

**Thoir an aire** gum **feumar** am foirm seo a lìonadh agus a chur air ais leis an fhreagairt agad.

Gus faighinn a-mach mar a làimhsicheas sinn an dàta pearsanta agad, faic am poileasaidh prìobhaideachd againn: <https://www.gov.scot/privacy/>

A bheil thu a' freagairt mar neach fa leth no mar bhuidheann?

- Neach fa leth  
 Buidheann

Ainm slàn no ainm na buidhne

Àireamh fòn

Seòladh

Còd-puist

Seòladh puist-d

Tha Riaghaltas na h-Alba ag iarraidh do chead an fhreagairt cho-chomhairle agad fhoillseachadh.

Dè b' fheàrr leat a thaobh a bhith a' foillseachadh na freagairt agad:

- Foillsich freagairt le ainm  
 Foillsich an fhreagairt a-mhàin (gun ainm)  
 Na foillsich an fhreagairt

### Fiosrachadh do bhuidhnean eile:

Tha an roghainn 'Foillsich an fhreagairt a-mhàin (gun ainm)' ri fhaighinn do luchd-freagairt fa leth a-mhàin. Ma thèid an roghainn seo a thaghadh, thèid ainm na buidhne fhoillseachadh co-dhiù.

Ma thagh thu an roghainn "Na foillsich mo fhreagairt", dh'fhaodte gun nochd ainm na buidhne agad air liosta an fheadhainn a fhreagair an co-chomhairleachadh seo fhathast, mar eisimpleir ann an aithisg an sgrùdaidh.

Bidh sinn a' sgaoileadh na freagairt agad gu sgiobaidhean poileasaidh eile taobh a-staigh Riaghaltas na h-Alba, sgiobaidhean a dh'fhaodadh a bhith a' dèiligeadh ris na cùisean a thog thu fhèin. Dh'fhaodadh gum bi iad ag iarraidh bruidhinn riut sna làithean

air thoiseach, ach feumaidh sinn do chead airson sin a dhèanamh. A bheil thu toilichte gum bi Riaghaltas na h-Alba a' bruidhinn riut a-rithist mun cho-chomhairle seo?

- Tha
- Chan eil





Scottish Government  
Riaghaltas na h-Alba  
gov.scot

© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2022

**OGL**

Tha am foillseachadh seo air a cheadachadh fo chumhachan Cead Riaghaltas Fosgailte v3.0 ach a-mhàin far a bheil an caochladh air a ràdh. Gus an cead seo fhaicinn rach gu **[nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3](https://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3)** no sgrìobh gu Sgioba Poileasaidh an Fhiosrachaidh, An Tasglann Nàiseanta, Kew, Lunnainn TW9 4DU, no cuir post-d gu: **[psi@nationalarchives.gsi.gov.uk](mailto:psi@nationalarchives.gsi.gov.uk)**.

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil a' chòir-lethbhreac sin.

Tha an sgrìobhainn seo ri fhaighinn aig **[www.gov.scot](http://www.gov.scot)**

Bu chòir ceist sam bith mun sgrìobhainn seo a chur thugainn aig

Riaghaltas na h-Alba  
Taigh Naomh Anndrais  
Dùn Èideann  
EH1 3EG

ISBN: 978-1-80435-843-6 (air-loidhne a-mhàin)

Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, an Lùnastal 2022.

Air a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NA  
PPDAS1114062 (08/22)

W W W . g o v . s c o t